



Comhairle Baile Obar Dheathain PLANA GÀIDHLIG 2016-2021

Chaidh am plana seo a chur ri chèile fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 5 Dàmhair 2016.



Facal-toisich bho Angela Scott, Àrd-oifigear

Is e seo Plana Gàidhlig Comhairle Baile Obar Dheathain a tha a' suidheachadh na h-amasan agus na h-àrd-mhiannan a th'againn airson na Gàidhlig san ùghdarras ionadail, anns na sgoiltean agus na coimhearsnachdan againn thairis air na còig bliadhna ri teachd.

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain a' gealltainn taic a thoirt do na h-àrd-mhiannan agus do na h-amasan a tha ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha am plana seo a' mìneachadh na tha air cùl a bhith a' cruthachadh phlanaichean Gàidhlig nàiseanta is ionadail agus na h-amasan a tha taobh a-staigh a' phlana fa-leth againn. Tha e a' suidheachadh na h-ìre gu bheil sinn ag amas air àrdachadh fhaighinn ann an coileanadh, cleachdadh agus follaiseachd na Gàidhlig ann an Obar Dheathain agus na nì sinn gus na h-amasan sin a choileanadh.

Tha an roinn lùth, gnìomhachd gnothachais co-cheangailte ris an roinn, ar suidheachadh mar ionad sgrùdaidh is eòlais teicniseach, agus oilthighean a tha ainmeil air feadh an t-saoghail uile air inbhe a thoirt do dh'Obar Dheathain mar aon de na h-ionadan gnothachais as adhartaich san RA. Tha am baile-mòr cuideachd na àite beòthail agus spreòdach gu cultarail airson a bhith a' fuireach ann agus ag obair agus bidh am plana seo a' cur taic ri ar n-amas airson "Ìomhaigh nas Fheàrr do dh'Obar Dheathain" anns a' Phlana Ro-innleachd Bun-structar againn.

Tha Obar Dheathain na bhaile-mòr farsaing cultarail le dualchas cànanain sònraichte a tha air cumadh a thoirt air ar cultar agus ar dualchas. Leanaidh sinn oirnn a' comharrachadh, a' cumail taic agus a' brosnachadh an dearbh-aithne seo. Mar an treas bhaile-mòr as motha ann an Alba agus le buidheann bheag ach a tha a' fàs de luchd-labhairt na Gàidhlig tha uallach cudromach oirnn a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig, an cànan beò nàiseanta as sine ann an Alba, seasmhach san àm ri teachd.

Le sùil shònraichte air foghlam, tha sinn ag amas air àrdachadh fhaighinn anns na h-àireimh de chloinn a tha a' dol tro Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus cuideachd san àireamh a gheibh cothrom air a' Ghàidhlig ionnsachadh mar chànan anns na sgoiltean againn. Seallaidh sinn cuideachd mar a bheir sinn taic nas fheàrr do luchd-teagaisg agus do phàrantan anns na leasachaidhean sin.

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain air taic a thoirt don Ghàidhlig tro iomairtean cultaral agus ealain san àm a dh'fhalbh. Nì sinn sgrùdadh air mar as urrainn sin a neartachadh agus air raointean ùra anns an urrainn dhuinn obrachadh le sgoiltean agus an treas roinn gus cothroman nas fheàrr a thoirt don t-sluagh againn pàirt a ghabhail anns an raon seo de chultar na h-Alba.

CLÀR-INNSE

Giorrachadh

Duilleag 4

Tha am Plana Gàidhlig againn air a roinn ann an ceithir earrannan.

Caibideil 1: Ro-ràdh

Duilleag 5

Tha a' chaibideil seo a' toirt seachad cùl-fhiosrachadh agus co-theacsa co-cheangailte ri ullachadh Phlanaichean Gàidhlig fo Achd 2005 agus structar prìomh raointean gnìomh Comhairle Baile Obar Dheathain. Tha e cuideachd a' toirt seachad giorrachadh de dh'eòlas-sluaigh na Gàidhlig.

- **A' suidheachadh co-theacsa**
- **Aonta don Phlana Gàidhlig againn**
- **Baile-mòr Obar Dheathain**
- **Ath-shealladh air Comhairle Baile Obar Dheathain**
- **Gàidhlig ann an Obar Dheathain**
- **Gàidhlig ann an Comhairle Baile Obar Dheathain**

Caibideil 2: Rùintean Bunaiteach

Duilleag 23

Tha a' chaibideil seo a' suidheachadh mar a chleachdas sinn, agus mar a bheir sinn comas do chleachdadh na Gàidhlig co-cheangailte ri ar prìomh dhleastanas gnothachais. Tha e a' toirt a-steach prìomh raointean gnìomh leithid dearbh-aithne chorporra, soidhnichean, conaltradh leis a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làrach-lìn againn. Tha a' chaibideil seo a' suidheachadh *an ìre bunaiteach as ìsle* de sholar Gàidhlig a tha sinn a' gealltainn a chuir air adhart fad beatha a' Phlana seo.

- **Ìomhaigh**
- **Conaltraidhean**
- **Foillseachaidhean**
- **Luchd-obrach**

Caibideil 3: Buaidh aig Poileasaidh air Gàidhlig

Duilleag 44

Tha a' chaibideil seo a' suidheachadh mar a tha sinn airson cuideachadh le bhith a' cur *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* an gnìomh. Tha e cuideachd a' sealltainn mar a tha sinn airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an dealbhadh agus libhrigeadh sheirbheisean, gu sònraichte ann an raointean poileasaidh, leithid Foghlam, Seirbheisean Ealain & Cultarail agus Rathaidean is Bun-structar. Tha a' chaibideil seo cuideachd a' beachdachadh mar a bheir sinn suim don Ghàidhlig agus don Phlana Ghàidhlig againn nuair a dhealbhaicheas sinn poileasaidhean ùra agus a bheachdaicheas sinn air ro-innleachdan ùra.

- **Togail Cànan**
- **Cleachdadh Cànan**
- **Inbhe Cànan**
- **Corpas Cànan**

Caibideil 4: Cur an Gnìomh agus Dearcnachadh

Duilleag 64

Tha a' chaibideil seo a' suidheachadh mar a bheir sinn coileanadh ar Plana Gàidhlig air adhart, agus mar a nì sinn dearcnachadh air coileanadh agus builean.

- **Clàr-ama**
- **A' sgaoileadh fiosrachadh mun Phlana againn**
- **A' maoinachadh a' Phlana**
- **A' dearcnachadh & cur an gnìomh a' Phlana**

Caibideil 5: Co-chomhairle Poblach

Duilleag 65

Fios Conaltraidh

Duilleag 70

GIORRACHADH

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na prìomh pàirt de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarail na h-Alba. Bidh sinn a' leantainn na h-amasan a tha air an suidheachadh ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus tha sinn air na structaran agus na h-iomairtean a tha riatanach a chuir nan àite gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach ann an Alba san àm ri teachd.

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig gu math cugallach agus, ma tha a' Ghàidhlig gu bhith air a h-ath-bheòthachadh mar chànan beò ann an Alba, gu bheil fìor oidhirp a dhìth bhon riaghaltas, bho na roinnean poblach is prìobhaideach, bho bhuidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa-leth gus:

- inbhe na Gàidhlig àrdachadh;
- togail is ionnsachadh na Gàidhlig a chuir air adhart; agus
- barrachd cleachdaidh na Gàidhlig a bhrosnachadh.

Thathas air Plana Gàidhlig Comhairle Baile Obar Dheathain a chur ri chèile taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur am follais mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig anns an obair againn, mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach fhad is a thathar a' conaltradh ris a' phoball agus prìomh chom-pàirtichean, agus mar a chuireas sinn air adhart is a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Chaidh Plana Gàidhlig Comhairle Baile Obar Dheathain a chur ri chèile a-rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, le mothachadh air *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus an *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig*.

CAIBIDEIL 1 – RO-RÀDH

A' suidheachadh co-theacsa airson Planaichean Gàidhlig a leasachadh

Tha a' Ghàidhlig thar ùine air fulang mar thoradh air dearmad agus mùchadh gnìomhach agus tha i a-nis aithnichte le Buidheann Foghlaim, Saidheansail agus Culturail nan Dùthchannan Aonaichte (UNESCO) anns a' Chlàr-dùthcha de Chànanan na Cruinne mar chànan a tha “Gu cinnteach ann an cunnart”.

Ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig tha molaidhean airson àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig àrdachadh, a bhith a' brosnachadh a cuid cleachdaidh agus a' lorg chothroman gus faighinn gu cànan is cultar na Gàidhlig.

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus a' cur a-mach fios:

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil leis an aon cho-ionannachd spèis is a thathar a' toirt don Bheurla.

Aon de na nithean as cudromaiche ann an Achd 2005 is e an t-ullachadh a bheir comas do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach planaichean Gàidhlig a chur ri chèile. Chaidh an t-ullachadh seo a chruthachadh gus dèanamh cinnteach gun cuidich an earrann phoblach ann an Alba gus seasmhachd a thoirt don Ghàidhlig le bhith a' cur ris an inbhe is an ìomhaigh aice agus a' cruthachadh chothroman gus a cleachdadh.

Co-chomhairle mu dhreachd Plana Gàidhlig:

Fo Achd 2005, feumaidh buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Gàidhlig aca a thoirt gu aire nam buidhnean uile aig a bheil ùidh sa chùis. Chuir Comhairle Baile Obar Dheathain comhairle gu follaiseach mu dhreachd a' phlana Gàidhlig aice anns a' Mhàrt/Ghiblean 2015 agus thug i aire do bheachdan a fhuair i ri linn a' cho-chomhairle.

Aonta do Phlana Gàidhlig Comhairle Baile Obar Dheathain:

Chaidh Plana Gàidhlig Comhairle Baile Obar Dheathain a chuir gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta air 21 Lùnastal 2015, às deidh do Chomhairle Baile Obar Dheathain am plana aontachadh air 19 Lùnastal 2015.

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh gum bi planaichean Gàidhlig eadar-dhealaichte a rèir nan dleasan a tha air ùghdarrasan poblach fa-leth agus far a bheil iad ag obair ann an Alba, agus a thaobh an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig a tha san sgìre agus na cothroman a tha ann a thaobh leasachaidhean. Tha oifigearan air a bhith ag obair le Bòrd na Gàidhlig gus Plana Gàidhlig a chuir ri cheile a tha reusanta agus a tha co-roinnte a rèir ar suidheachadh.

Ath-shealladh air dleastanasan Comhairle Baile Obar Dheathain agus cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh ar raon obrach

Cùl-fhiosrachadh mu Bhaile-mhòir Obar Dheathain

Mun cuairt baile-mòr Obar Dheathain tha Siorrachd Obar Dheathain agus tha sreath de dh'oirthir ghainmheachail ri taobh a' Chuan a Tuath. Tha Obar Dheathain suidhichte eadar dà bheul aibhne – abhainn Dè agus abhainn Deathan. Aig beul an Dè, thathas den bheachd gur ann san t-Seann Obar Dheathain a bha a' chiad àite-còmhnaidh de *Aberdon*, a thug an t-ainm bhon fhacal Cruithneach 'Aber' a' ciallachadh 'beul na h-aibhne'. Tha am baile-mòr a-nis a' toirt a-steach seann bhailtean Seann Obar Dheathain, Obar Dheathain Ùr, Taobh na Coille agus Baile Rìoghail Torraidh.

Is e Obar Dheathain an treas baile-mòr leis an àireamh-sluagh as àirde ann an Alba le sluagh a tha timcheall air 222,973 neach (co-dhùnadh Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011). Tha am baile-mòr le aois meadhanail nas ìsle airson gach cuid boireannaich (37) agus fireannaich (35) nan còrr de dh'Alba (42 agus 40 gach cuid). Ach cuideachd anns a' bhaile-mhòir tha ceudad nas ìsle de dhaoine òga nas òige na 17 bliadhna. Ann an Obar Dheathain tha co-mheas de 49.4% de dh'fhireannaich ri 50.6% de bhoireannaich ann an coimeas ris a' cho-mheas nàiseanta de 48.5% de dh'fhireannaich ri 51.5% de bhoireannaich.

Gnothachas agus dèanadachd ann an Obar Dheathain

Tha na obraichean traidiseanta de dh'iasgach, dèanamh phàipear, togail eathraichean, agus obair-chlòtha gu mòr air falbh ann an Obar Dheathain thairis air na trì deicheadan a dh'fhalbh mar a nochd gnìomhachas beòthail na h-ola. Tha na calaidhean iasgaich ann an Ceann Phadraig agus a' Bhruaich air a thighinn am bàrr mar phrìomh phuirt iasgaich san Iar Thuath ach mar thoradh air tasgadh agus leudachadh air Caladh Obar Dheathain, aon de na puirt as ùire agus aon de na gnìomhachasan as sean ann am Breatainn, chan eil caladh Obar Dheathain air fulang bhon chrìonadh a thàinig air calaidhean eile den aon sheòrsa.

Tha Obar Dheathain aithnichte mar aon de na bailtean-mòra as fharpaisiche san RA, agus tha an Luach Slàn a Bharrachd (GVA) airson gach ceann-teaghlaich an Obar Dheathain aig ìre £28,731, 38% nas àirde na ìre cuibheasach na h-Alba.

Tha cuid gu mòr nas àirde de theaghlaichean anns a' bhaile-mhòir le tuarastal thar £40,000 ann an coimeas ri prìomh bhailtean-mòra eile ann an Alba agus ìre cuibheasach na h-Alba. Ann an 2012, bha 25% de shluagh aig aois obrach ann am Baile Obar Dheathain a' cosnadh nas lugha na £14,811 ann an coimeas ri £13,395 sa chòrr de dh'Alba.

	£0 - £10,000	£10,001 - £20,000	£20,001 - £30,000	£30,001 - £40,000	Thar £40,000
Baile Obar Dheathain	17%	32%	18%	13%	19%

Alba	18%	34%	20%	14%	14%
-------------	-----	-----	-----	-----	-----

Figear 1: Teachd a-steach Teaghlach, 2009/10

A rèir Cuimsean Modail Teachd a-steach agus Bochdain, ann an 2011, bha 9% de shluagh aois obrach ann am Baile Obar Dheathain le teachd a-steach nas lugha ann an coimeas ri 13% sa chòrr de dh'Alba. Ach, a-mach à 47 Raon Meadhanach ann an Obar Dheathain tha ochd le teachd a-steach meadhanail teaghlaich fo £22,000. Anns an Iar Thuath tha an teachd a-steach meadhanail as àirde de £51,000, a tha còrr air a dhà uimhir den teachd a-steach meadhanail ann an Torraidh an Ear, aig a bheil an teachd a-steach as ìsle.

Suidheachadh cànan an Obar Dheathain

Tha beairteas mòr cànan ann an Obar Dheathain le nas àirde de dh'ìrean dà-chànanais nan ìre cuibheasach nàiseanta. Bidh 14.5% de shluagh Obar Dheathain a' cleachdadh cànan eile na Beurla aig an taigh ann an coimeas ris an ìre nàiseanta de 7.4%.

A bharrachd air Beurla, is e a' Ghàidhlig agus Albais na cànanan nàiseanta eile a th'ann an Alba, agus gam bruidhinn ann am baile-mòr Obar Dheathain. Bho chunntas-sluaigh 2011, tha 1636 neach-labhairt Gàidhlig ann (0.8% de shluagh Obar Dheathain, ann an coimeas ri ìre cuibheasach nàiseanta de 1.1%). Tha beagan àrdachadh an seo de cheudad luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Obar Dheathain a bha aig ìre 0.6% ann an cunntas-sluaigh 2001. Cha bhith an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an co-dhùnadh a' chunntais-sluaigh a' cunntadh an àireamh àrd de dh'oileanaich is luchd-obrach anns a' bhaile a bhios a' bruidhinn a' chànan agus a' fuireach an seo airson ùine mhath ach aig a bheil dachaigh seasmhach ann an àite eile.

Tha barrachd cheudad am measg luchd-còmhnaidh a' bhaile-mhòr a bhios a' bruidhinn Albais nan ìre nàiseanta le 35.5% den t-sluagh le comas labhairt ann an Albais (30.1% gu nàiseanta). Is e doric (Albais Meadhan Thuath) an dual-chainnt Albais san Ear Thuath. Bithear a' cleachdadh mion-chànanan eile, mar eisimpleir, bidh 2.9% de luchd-còmhnaidh Obar Dheathain a' bruidhinn Pòlainis aig an taigh.

Tha àite sònraichte aig a' Ghàidhlig ann an dualchas na h-Alba agus nochd sgrùdadh ann an 2014 le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean gun robh gnìomhachasan agus buidhnean air feadh na h-Alba a' faighinn a-mach gu robh a' Ghàidhlig na cuideachadh ann an grunn raointean, gu sònraichte raointean gnìomhachais cruthachail; biadh is deoch; foghlam is ionnsachadh; dualchas stèidhichte air nàdar agus turasachd. Nì sinn measadh air far an urrainn don Ghàidhlig cur ris na tha am baile-mòr a' tabhann gu cultarail do luchd-còmhnaidh agus do luchd-turais.

Ealan is cultar ann an Obar Dheathain

Tha luchd-còmhnaidh ann an Obar Dheathain math dheth a thaobh cultar, ceòl is ealan. Bidh Ealain Gnìomhach Obar Dheathain a' stiùireadh Taigh-cluich a' Mhòrachd, An Talla Ciùil agus an 'Lemon Tree', a' stiùireadh, a' coimiseanadh agus

a' cruthachadh phrògraman airson gach cuid. Tha deagh chliù aca aig ìre taigh-cluich beag is mòr, ceòl is dannsa, prògraman gleidheadach agus com-pàirtichean inntinneach. Ag obair le com-pàirtichean anns a' bhaile tha iad a' feuchainn ri cultar a leasachadh agus an cuid obrach a bhrosnachadh aig ìrean nàiseanta is eadar-nàiseanta.

Aig cridhe ACT (Ionad Ealain is Cluiche) Obar Dheathain tha teagasg ealain gnìomhach agus tha iad aithnichte gu nàiseanta mar ionad coimhearsnachd com-pàirteach. Anns an ionad-èisdeachd cluinnear tachartasan ciùil is dràma agus tha cothrom do luchd-ealain ionadail is luchd-deilbh an stuth aca a thaisbeanadh anns a' ghailearaidh.

Tha a' Ghàidhlig follaiseach ann am beatha Ealain is Cultair a' bhaile-mhòir tro thachartasan ciùil is cleasachd agus na bhios Còisir Ghàidhlig Obar Dheathain a' cur air adhart.

Cùl-fhiosrachadh mun Ùghdarras Poblach

Ann an 1975, chaidh Siorrachd a' Bhaile a chuir còmhla ri Bucksburn, Deis, Newhills, Old Machar, Peterculter agus sgìrean Stoneywood de Shiorrachd Obar Dheathain agus sgìre Neig ann an Siorrachd Cheann Chàrdainn a' toirt a-steach Bàgh na h-Uaimh gus Sgìre Obar Dheathain de Roinn a' Mhonaidh a chruthachadh. Thàinig an sgìre seo gu bhith na sgìre comhairle de Bhaile Obar Dheathain ann an 1996.

Thèid sùil a chumail air libhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig le buill taghta Comhairle Baile Obar Dheathain. Tha a' chomhairle a' toirt seirbheis do na coimhearsnachdan aice tro cheithir sheirbheisean stiùiridh a bharrachd air Oifis an Àrd-oifigeir. Is iad sin: Coimhearsnachdan, Taigheadas is Bun-structar; Riaghladh Corporra; Foghlam is Seirbheisean Cloinne; agus Fallaineachd Inbheach agus Cùram Sòiseanta (Seirbheis Amalaichte leis an NHS).

Tha structar Comataidhean na Comhairle mar a leanas:-

- Comhairle
- Comataidh Sgrùdaidh, Cunnart is Rannsachaidh
- Comataidh Coimhearsnachdan, Taigheadais is Bun-structar
- Comataidh Foghlaim is Seirbheisean Cloinne
- Comataidh Ionmhais, Poileasaidh is Goireasan
- Comataidh Ceadachaidh
- Comataidh Athchuingean
- Comataidh Riaghlaidh Leasachadh Dealbhachaidh

Tha raon-ùghdarras sònraichte aig gach comataidh a leigeas leotha a thighinn gu co-dhùnaidhean. Tha iad sin aithnichte mar Òrdughan Clàraidh na Comataidh. Bidh na comataidhean a' coinneachadh gach ochd seachdain. Tha gnothaichean na Comhairle agus na Comataidhean air a riaghladh le Òrdughan Seasmhach na Comhairle. Is iad sin seata de riaghailtean a bhios a' stiùireadh nan ceumannan a bhithear a' leantainn ro agus aig coinneamhan Comhairle is Comataidh.

Bidh na h-oifigearan cuideachd a' tighinn gu co-dhùnaidhean a chuidicheas a' Chomhairle le bhith a' riaghladh agus a' toirt seachad sheirbheisean. Tha cumhachdan air an tiomnadh aig oifigearan bhon a' Chomhairle gus ùghdarras a thoirt dhaibh co-dhùnaidhean a dhèanamh às an leth. Tha iad sin air am mìneachadh gu mionaideach anns an Sgeama Tiomnadh Ùghdarrais.

Tha coinneamhan comataidh fosgailte don phoball. Faodaidh daoine fa-leth cothrom iarraidh gus bruidhinn ris a' chomataidh le bhith air an riochdachadh agus faodaidh iad cuideachd athchuinge a chuir a-steach airson gum beachdaich Comataidh nan Athchuingean oirre.

Gus am bi Obar Dheathain comasach air a bhith a' farpais ri bailtean-mòra cruinneil eile, feumaidh e tasgadh ann an diofar raointean den 'fairgse' aca le bhith ag àrdachadh an dualchas cultarail aca, a' brosnachadh choimhearsnachdan làidir, sàbhailte agus a' tasgadh ann am bun-structar làn càileachd. Is e plana fad-ùine a th'ann cumadh a thoirt air Obar Dheathain mar dheagh àite airson a bhith a' fuireach, ag obair agus a' tadhal. Mar thoradh air a' Phlana Ro-innleachd Bun-structar chaidh còig prìomh amasan aithneachadh:

- Ceum air adhart ann an solar taigheadas.
- Ceanglaichean didseatach làn chàileachd aig an taigh agus san raon-obrach
- Còmhdhail ionadail nas fheàrr
- Na sgilean agus an luchd-obrach a dh'fheumas Obar Dheathain airson soirbheachadh
- Ìomhaigh nas fheàrr airson Obar Dheathain.

Thug comhairlichean an aonta do phlana tasgaidh calpa còig bliadhna a bha faisg air £400 millean airson ar sealladh 'Toirt Cumadh air Obar Dheathain' a libhrigeadh tro phrìomh phròiseactan a bheir a-steach ach nach eil air a chuingealachadh ri:

- Ath-ghinealachadh meadhan a' bhaile-mhòir
- Ath-leasachadh Gailearaidh Ealain
- Taigheadas agus Ath-ghinealachadh nas fharsainge
- Rathad Ceangail Dyce Drive
- Slighe Iomail Taobh Siar Obar Dheathain
- Treas Slighe Thar Deathan
- Ro-innleachdan Thogalaichean Sgoile
- Goireasan Cùraim Sòisealta
- Baile Cùraim a bharrachd Tulach an Droighinn
- Ath-sgeadachadh air Ionad Ealain Obar Dheathain
- Ùrachadh agus Ath-sgeadachadh air an Talla Ciùil

Thèid beachdachadh air cothroman airson a' Ghàidhlig a bhrosnachadh mar a thèid na pròiseactan agus na planaichean sin a leasachadh.

Tha raon de sheòrsan cosnaidh aig a' Chomhairle, nam measg làn-thìde, pàirt-ùine, roinneadh-obrach, teirm ceangailte, ùine-theirm agus uairean neoni a tha a' nochdadh an raon farsaing is iom-fhillte de sheirbheisean a tha sinn a' tabhann. A bharrachd air an sin, tha daoine fa-leth a tha ag obair airson na Comhairle bho àm


gu àm, a' toirt a-steach lasachaidhean, tuiteamach, agus luchd-teagaisg solair. Mar a bha an t-suidheachadh aig 30/1/13, tha Comhairle Baile Obar Dheathain a' toirt obair dha timcheall air 9,300 neach, a' comharrachadh timcheall air 7,800 obair làn-thìde.

A' Ghàidhlig taobh a-staigh raon gnìomhachd an Ùghdarrais

Mar a tha fìor mun mhòr-chuid de ear-thuath na h-Alba, is ann san aona linn deug a bha a' Ghàidhlig nas bitheanta ann an sgìre baile Obar Dheathain, nuair a bhithear ga bruidhinn suas gu oirthir na dùthcha. Is dòcha nach robh e fada às deidh sin nuair nach robh a' Ghàidhlig nas fhaide na prìomh chànan anns a' bhaile.

Is ann bho thùsan Albannach a thàinig ainmean leithid Ruthrieston agus Gilcomston ach tha ainmean pearsanta Gàidhlig annta, Ruairidh agus GilleCaluim ann an cruth ùr-nodha. Tha na daoine sin a' dol air ais don dàrna linn deug, a' sealltainn ged a bha coltas ann gu robh a' Ghàidhlig fhathast ga bruidhinn ann an Obar Dheathain, bhathas a' tòiseachadh a' cruthachadh ainmean-àite Albannach. Nas fhaide air adhart, bhathas a' cleachdadh na Gàidhlig le luchd-labhairt a thàinig don bhaile bhon dùthaich, agus tha seapall taitneach Gàidhlig air a chlàradh san 18mh linn. Ged nach eil Gàidhlig na h-Alba o chionn ghoirid air a bhith na prìomh chanan air Oirthir an Ear Thuath, tha làthaireachd a' chànan ri fhaicinn ann an ainmean-àite Goidelic san sgìre:

- A' Chùilt (Cults), bhon ainm Gàidhlig Coilltean (Woods)
- Kincorth – droch ainmeachadh de "Ceann Coirthe" à Gàidhlig na h-Alba le ceangal ri seann charragh no clachan stèidhichte, coirthe
- Kittybrewster - Cuidhe Briste, bhon Ghàidhlig - Cuitan Briste, a' ciallachadh "broken fold"
- Peterculter – Cultair, am pàirt mnu dheireadh den ainm air aithris bhoi bhith tighinn bhon ainm Gàidhlig "Cul-tir", a' ciallachadh am "pàirt deiridh" den dùthaich.
- Tillydrone - Tulach Droighne, an t-ainm mar dhroch litreachadh den t-ainm Gàidhlig "Tulach Droighne", a' ciallachadh toman le craobhan droighinn a' fàs air.



Bhàsaich an neach-labhairt Gàidhlig mu dheireadh le dual-chainnt Siorrachd Obar Dheathain, A' Bh.Ph Sine NicIlleBhàin, à Bràigh Mhàr ann an 1984. Tha na h-eisimpleirean as sine de Ghàidhlig na h-Alba a' tighinn bho Old Deer, ann an sgìre Buchan, timcheall air 30 mìle tuath air Obar Dheathain. Tha e na làmh-sgrìobhainn goirid de na Soisgeulan ann an vulgate, agus tha sgrìobhaidhean Gàidhlig na h-Alba air na h-oirean. Tha an làmh-sgrìobhainn seo "Leabhar Dhèir" a-nis air a chumail tèarainte ann an leabharlann Oilthigh Cambridge.

Sheall cunntas-sluaigh 2011 gu bheil gu h-iomlan 1636 neach-labhairt na Gàidhlig ann am Baile-mòr Obar Dheathain. Tha seo mar 0.8% den t-sluaigh ann an coimeas ri 1.1% de shluaigh na h-Alba. Tha Figear 2 a' sealltainn mar a tha Sgilean Cànain Gàidhlig air am briseadh sìos airson baile-mòr Obar Dheathain. Tha am figear seo air fàs bho chunntas-sluaigh 2001.

Baile Obar Dheathain		
	Àir.	%
Daoine gu h-iomlan aois 3 agus nas sine	215,597	-
A' tuigsinn ach gun chothrom labhairt, leughadh no sgrìobhadh Gàidhlig	1,200	0.6%
Bruidhinn, leugh agus sgrìobh Gàidhlig	929	0.4%
Bruidhinn ach nach leugh no sgrìobh Gàidhlig	553	0.3%
Bruidhinn agus leugh ach nach sgrìobh Gàidhlig	146	0.1%
Leugh ach nach bruidhinn no sgrìobh Gàidhlig	269	0.1%
Cothlamadh eile de sgilean Gàidhlig	77	0.0%

Figear 2: Sgilean Cànain Gàidhlig an Obar Dheathain

Tha Comhairle Obar Dheathain a' toirt seachad Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig diofar ìrean nam measg sgoil-àraich Ghàidhlig agus foghlam bun-sgoile. Faodaidh sgoilearan leantainn air an cuid foghlaim Ghàidhlig aig Acadamaidh Hazlehead.

Bidh buidheann pàrant is pàisde a' coinneachadh gach madainn Diciadain agus Dihaoine. Tha a' bhuidheann ag amas air a bhith spòrsail leis a' chlann agus beagan Gàidhlig a thoirt dhaibh agus dham pàrantan tro ealain, obair-ciùird, cluich agus òrain. Bithear a' ruith chlasaichean ionnsachaidh Ghàidhlig dha pàrantan gach madainn Dihaoine.

Dh'fhosgail an sgoil-àraich Ghàidhlig aig Sgoil Gilcomstoun ann an 1999. Tha an sgoil-àraich air leth goireasach far am faigh a' chlann an aon churraicealam sa gheibh sgoiltean-àraich eile ach tro mheadhan na Gàidhlig.

Dh'fhosgail an Aonad Ghàidhlig Bun-sgoile aig Bun-sgoil Gilcomstoun ann an 1991. Tha an aonad làn amalaichte taobh a-staigh na sgoile agus air pàirt a ghabhail ann an diofar ghnìomhachd mar turas chun Mhòd Ionadail ann an Inbhir Nis, Latha Cànan Màthaireil Eadar-nàiseanta agus grunn phrògraman telebhisean Ghàidhlig. Aig an àm seo tha 2 chlas san Aonad Ghàidhlig – bun-sgoil 1-3 agus bun-sgoil 4-7.

Clas	Àireamh sgoilearan	Luchd-obrach fastaichte
Sgoil-àraich	11	1 banaltram-àraich Ghàidhlig
Bun-sgoil 1	6	1 thidsear Ghàidhlig
Bun-sgoil 2	4	
Bun-sgoil 3	8	
Bun-sgoil 4	2	2 thidsear Ghàidhlig pàirt-ùine (1 FTE)
Bun-sgoil 5	3	
Bun-sgoil 6	1	
Bun-sgoil 7	6	

Figear 3: Àireamh sgoilearan a' faighinn Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig Bun-sgoil Gilcomstoun 2014/15

Is e Acadamaidh Hazlehead an àrd-sgoil ainmichte taobh a-staigh Baile-mòr Obar Dheathain far a bheil ullachadh airson sgoilearan leantainn orra a' sgrùdadh na Gàidhlig. Tha a' Ghàidhlig air a tabhann mar chuspair aig gach ìre.

Tron Churraicealam airson Sàr-mhathais bidh sgoilearan ÀS1 – 3 a' leantainn foghlam coitcheann farsaing, a tha ag amas air grunn sgilean a theagasg dhaibh, leithid sgrùdadh, conaltradh, leughadh, sgrìobhadh diofar sheòrsan theacsaichean, a bharrachd air tarraing air eòlasan agus sgilean ann an àireamhachd agus slàinte & sunnd. Ann an ÀS4 – 6 tha roghainn aca sgrùdadh a dhèanamh airson teisteanasan Nàiseanta, Àrd-ìre no Àrd-ìre Adhartach. Sin na clasaichean le teisteanas le deuchainnean aig an deireadh (Nàiseanta 5 agus nas àirde).

Tha a h-uile clas gu h-iomlan air an lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig. Anns na cùrsaichean Nàiseanta, tha fòcas air faighinn eòlach air co-theacsan (comann-shòisealta, cultar, cosnadh, agus cànan slàinte & sunnd) agus a bhith comasach air

iad sin a chleachdadh ann an tuigse agus cruthachadh theacsan. Bidh sgrùdadh air litreachas a' dol am meud ann an Àrd-ìre agus Àrd-ìre Adhartach.

Clas	Àireamh sgoilearan
ÀS1	2
ÀS2	3
ÀS3	2
Nàis 5 Gàidhlig	1
Àrd-ìre Gàidhlig	2
Àrd-ìre Adhartach Gàidhlig	2
Nàis 5 Gaelic	1
Àrd-ìre Gaelic	2

Figear 4: Àireamh sgoilearan a' faighinn Foghlam Gàidhlig aig Acadamaidh Hazlehead

Tha daoine òga bho Hazlehead air pàirt a ghabhail ann an Deasbad BTA Alba, an Deasbad Sgoiltean Ghàidhlig Nàiseanta Alba aig BT airson grunn bhliadhnaichean. Chuir sgoilearan iad fhèin air adhart airson dreuchdan ann am “Bannan” (a' chiad sreath air a scrionadh air BBC Alba ann an 2014) anns a' Ghearan 2015. Thadhal Bòrd na Gàidhlig air sgoilearan gus beachdachadh air cùrsan-beatha anns a' Mhàrt 2015. Chaidh turas clas gu dràma Gàidhlig air adhart sa Mhàrt 2015 an cois bùth-obrach de sgrìobhadh cruthachail air a libhrigeadh le ùghdar a thadhail.

Thòisich Oifigear Leasachaidh airson Foghlam Gàidhlig aig Comhairle a' Bhaile-mhòir san t-Sultain 2015.



Ìomhaigh 1: Orla NicDhòmhnaill agus Iona NicDhòmhnaill bho Acadamaidh Hazlehead aig Deasbad BTA Alba, an Deasbad Sgoiltean Ghàidhlig Nàiseanta aig BT Alba © MMU, Comhairle nan Eilean Siar

Tha Sradagan, buidheann òigrìdh Gàidhlig, air a ruith le Comann nam Pàrant (CnP), comataidh riaghlaidh phàrantan chloinne a tha a' frithealadh an aonad Ghàidhlig bun-sgoile. Bidh a' bhuidheann a' coinneachadh aon uair san t-seachdain air oidhche Dhiardaoin eadar 6.00f agus 7.30f. Is e amas na buidhne a bhith toirt

cothrom don chloinn an cuid Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh àrainneachd na sgoile.

Tha Club Gàidhlig Obar Dheathain na chlub Gàidhlig air a ruith leis a' choimhearsnachd airson Baile-mòr Obar Dheathain agus Siorrachd Obar Dheathain. Chaidh a stèidheachadh san Dàmhair 2004 agus bidh e a' toirt seachad chlasaichean oidhche Gàidhlig gu cunbhalach, chùrsaichean Gàidhlig fad-latha, bùthan-obrach òrain Ghàidhlig agus feasgairean cofaidh, a bharrachd air cur air chois tachartasan coimhearsnachd leithid cèilidhean is òraidean. Bidh an Club cuideachd a' ruith clubaichean Gàidhlig chloinne fhad's a tha na feasgairean cofaidh a' dol air adhart, aon do chloinn aois 0-5 agus aon do chloinn aois bun-sgoile. Tha na clubaichean fosgailte do chloinn air fad; luchd-ionnsachaidh is fileantaich.

Chaidh Còisir Ghàidhlig Obar Dheathain a stèidheachadh ann an 1952. Bidh an còisir a' seinn, ann an co-sheirm ceithir-phàirtean, raon de dh'òrain Ghàidhlig. Tha iad traidiseanta agus ùr-nodha le fuinn àlainn a tha mar phàirt de sheann dualchas na h-Alba. Gach bliadhna bidh iad a' gabhail pàirt ann an diofar thachartasan agus a' farpais aig mòdan ionadail, mus tèid iad chun Mhòd Nàiseanta Rìoghail anns an Dàmhair. Tha a' Ghàidhlig aig cuid de bhuill na còisir agus tha ùidh aig mòran anns a' chànan agus an dualchas. Chan eil e riatanach gum feum buill a bhith comasach air Gàidhlig a bhruidhinn no gun leugh iad ceòl oir bheirear seachad clàraidhean de na faclan agus den cheòl a bharrachd air teagasg fhaighinn aig ruithean-thairis.

Thug Baile-mòr Obar Dheathain aoigheachd don Mhòd Nàiseanta ceithir uairean, 1946, 1955, 1964 agus 1976.



Ìomhaigh 2: Màthair na Bànrigh agus A' Bhana-phrionnsa Màiread a' nochdadh aig Talla Ciùil Obar Dheathain airson Mòd Nàiseanta 1955 © The Scotsman Publications Ltd. Licensor www.scran.ac.uk

Mar phàirt den phròiseact 100 facal air eagrachadh le Sgioba Ionnsachadh Coimhearsnachd Comhairle Baile Obar Dheathain chaidh iarraidh air luchd-còmhnaidh am facal Doric as fheàrr leotha a chuir a-steach. Ag obair le Bun-sgoil Gilcomstoun a chuir a-steach na faclan Gàidhlig as fheàrr leotha, chaidh na 100

faclan an uairsin a thionndadh gu bhith na obair-ealain leis an neach-ealain ionadail Gabrielle Reith.



Ìomhaigh 1: 'Carnegie' leis an neach-ealain 'Gabrielle Reith © Gaia Photography

Tha Ealain Gnìomhach Obar Dheathain air ealain Ghàidhlig is ceòl a thoirt chun Ear Thuath mar phàirt den phrògram cultarail aca le tachartasan a thug a-steach Mànrán, Capercaillie, The Shee, Breabach, Dàimh agus Julie Fowlis; taisbeanaidhean leithid Dunsinane, agus Fiona Cheanadach agus a' Chist; agus Fèis Fuaim le Mgr McFall's Chamber *Remember/Imagined*.

Thug Talla Ciùil Obar Dheathain aoigheachd do Dhùaisean Ciùil Thraidiseanta Albannach MG Alba 2013 a tha na thachartas bliadhna a' taisbeanadh ceòl traidiseanta na h-Alba anns a h-uile cruth. Bidh an tachartas ga chraoladh beò air BBC Alba agus a' tàladh còrr air 100,000 bhòt bho air feadh an t-saoghail.

Tha eachdraidh fhada agus iomraiteach aig Oilthigh Obar Dheathain ann a bhith a' teagasg Gàidhlig le cuideam sònraichte air Gàidhlig ùr-nodha na h-Alba. Tha Roinn na Gàidhlig a' toirt seachad chùrsaichean ann an Gàidhlig, cultar is litreachas. Tha an Oilthigh cuideachd a' libhrigeadh phrògraman fo-cheumnaiche agus teisteanasan thar-cheumnaiche airson Teagasg Bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig, agus teagasg Gàidhlig mar chuspair aig ìre bun-sgoile no àrd-sgoile. Chaidh An Comunn Ceilteach, Buidheann Ceilteach na h-Oilthigh, a stèidheachadh ann an 1853 airson luchd-labhairt na Gàidhlig, agus tha iad a' leantainn orra a' brosnachadh na Gàidhlig agus a' ruith tachartasan cultarail ann an Obar Dheathain.

Chaidh fèis a' Chèitein a stèidheachadh leis an Oilthigh ann an 2013, agus tha i a' taisbeanadh an sgrùdadh aig ìre cruinneil a tha a' dol air adhart anns an Oilthigh agus tha i a' fàs gu bhith stèidhichte mar thachartas aithnichte air mìosachan cultarail an Ear Thuath. Bidh tachartasan Gàidhlig gu mòr nam pàirt den fhèis agus faodaidh luchd-tadhail èisdeachd ri òraidean Gàidhlig, filmean goirid, ceòl is òrain a bharrachd air a chlann aca a bhith an sàs anns a' Ghàidhlig tro sheiseanan spòrsail Bookbug agus òrain.

Tha Planaichean Gàidhlig reachdail uile aig Oilthigh Obar Dheathain, Comhairle Siorrachd Obar Dheathain, Comhairle Aonghais agus Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a'

Mhonaidh Ruaidh agus tha sin a' cruthachadh chothroman ionadail airson cothroman ionnsachaidh cruthachail agus pròiseactan com-pàirteil.

Tha tuilleadh chothroman rim faighinn tro bhuidhnean nàiseanta leithid Alba Chruthachail, Coimisean na Coilltearachd, Alba Aosmhor, Ionnsachadh & Teagasg Alba, Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Dualchas Nàdair na h-Alba, Leasachadh Sgìlean Alba, agus Visit Scotland oir tha Planaichean Gàidhlig aca uile air aontachadh.

A' Ghàidhlig taobh a-staigh an ùghdarrais poblach

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh mu chomas agus ùidh anns a' Ghàidhlig sa Ghearan 2015 a chaidh a lìonadh a-seach le 517 buill a-mach à timcheall air 8000 neach-obrach. Tha na co-dhùnaidhean bhon sgrùdadh mar a leanas:

An tuig thu a' Ghàidhlig? (Nach tagh thu aon roghainn)		
Roghainnean freagairt	Freagairt %	Àireamh fhreagairt
Tuigidh mi a' Ghàidhlig gu h-iomlan	1.7%	9
Tuigidh mi a' mhòr-chuid de chòmhradh làitheil	2.9%	15
Tuigidh mi cuid de fhaclan is abairtean Gàidhlig	23.8%	123
Cha thuig mi Gàidhlig sam bith	71.6%	370
Ceist air a freagairt		517
Ceist gun freagairt		0

Am bruidhinn thu Gàidhlig? (Nach tagh thu aon roghainn)		
Roghainnean freagairt	Freagairt %	Àireamh fhreagairt
Bruidhnidh mi Gàidhlig gu fileanta	1.4%	7
Cumaidh mi còmhradh bunaiteach sa Ghàidhlig	3.1%	16
Is urrainn dhomh fàilte a chuir air duine sa Ghàidhlig	17.8%	92
Chan urrainn dhomh Gàidhlig a bhruidhinn	77.8%	402
Ceist air a freagairt		517
Ceist gun freagairt		0

An leugh thu Gàidhlig? (Nach tagh thu aon roghainn)		
Roghainnean freagairt	Freagairt %	Àireamh fhreagairt
Leughaidh is tuigidh mi leabhraichean agus artaigilean Gàidhlig	1.5%	8
Leughaidh mi is tuigidh mi seantansan simplidh	3.7%	19
Leughaidh mi beagan fhaclan is abairtean fàilte	12.0%	62
Cha leugh mi Gàidhlig sam bith	82.8%	428
Ceist air a freagairt		517
Ceist gun freagairt		0

An sgrìobh thu Gàidhlig? (Nach tagh thu aon roghainn)		
Roghainnean freagairt	Freagairt %	Àireamh fhreagairt
Sgrìobhaidh mi Gàidhlig gun duilgheadas (puist-d, litrichean, aithisgean)	1.2%	6
Sgrìobhaidh mi beagan sheantansan sa Ghàidhlig	3.5%	18
Sgrìobhaidh mi beagan fhaclan is fhàiltean	6.4%	33
Chan urrainn dhomh Gàidhlig a sgrìobhadh	89.0%	460
Ceist air a freagairt		517
Ceist gun freagairt		0

An deach Gàidhlig a theagasg dhut a-riamh/na rinn thu a sgrùdadh?		
Roghainnean freagairt	Freagairt %	Àireamh fhreagairt
Chaidh	14.7%	76
Cha deach	85.3%	440
Ceist air a freagairt		516
Ceist gun freagairt		1

Ma rinn, nach innis thu dhuinn càite an deach do theagasg/na rinn thu sgrùdadh air a' Ghàidhlig? (Nach cuir thu dìog anns gach àite buntainneach)		
Àite	Freagairt %	Àireamh fhreagairt
Anns a' bhun-sgoil	42.6%	29
Anns an àrd-sgoil	33.8%	23
Aig ìre colaisde no oilthigh	16.2%	11
Aig clas oidhche	33.8%	23
Tro chùrsa trèanaidh san àite-obrach	1.5%	1
Tro ionnsachadh aig astar	8.8%	6
Cha do dh' ionnsaich mi a' Ghàidhlig a-riamh	0.0%	0
Eile (mìnich)		21
Ceist air a freagairt		68
Ceist gun freagairt		449

Seo cuid de na dòighean a dh'ainmich luchd-obrach a chleachd iad gus Gàidhlig ionnsachadh:

- Sgoil-àraich/cròileagan; Clasaichean Disathairne nam leanabh; Fèin-fhoghlam aig an taigh nuair a bha a' chlann na b' òige.
- Tha mo theaghlach fileanta sa Ghaidhlig; bidh an teaghlach agam a' bruidhinn Gàidhlig; Mo chànan màthaireil; air mo thogail ga bruidhinn san dachaigh
- 'Speaking Our Language' air BBC Alba; Leabhar & clàran; Air-loidhne

Bha e brosnachail faighinn a-mach mun àireamh den luchd-obrach aig an robh ùidh anns a' Ghàidhlig, no airson an comas anns a' Ghàidhlig adhartachadh.

A bheil ùidh sam bith agad a' Ghàidhlig ionnsachadh no adhartas fhaighinn air do chomas sa Ghàidhlig?		
Roghainnean freagairt	Freagairt %	Àireamh fhreagairt
Tha	45.6%	234
Chan eil	54.4%	279
Ceist air a freagairt		513
Ceist gun freagairt		4

Dè na cothroman trànaidh anns am biodh ùidh agad? (Nach cuir thu dìog anns gach àite buntainneach)		
Roghainnean freagairt	Freagairt %	Àireamh fhreagairt
Clasaichean oidhche	46.7%	107
Clasaichean aig àm lòn aig m'obair	51.5%	118
Cùrsa air OIL (Ionnsachadh eadar-ghnìomhach Air-loidhne, làrach e-Ionnsachaidh na Comhairle)	67.7%	155
Sgrùdadh aig an taigh	48.0%	110
Cùrsa bogaidh fad-seachdain	42.8%	98
Teisteanas foirmeil	34.1%	78
Eile (mìnich)		10
Ceist air a freagairt		229
Ceist gun freagairt		288

Beachdan eile a chaidh a thoirt seachad a thaobh cothroman trànaidh agus cuspairean comais;

- Seiseanan còmhraidh le luchd-labhairt na Gàidhlig
- Cleachdadh IT airson ullachadh – seòrsa gnìomhachd èist is freagair. Criomagan beaga film msaa.
- Dòigh sam bith nach fheum làthaireachd aig an aon àm gach latha no seachdain
- Duilleagan sgrùdaidh rim faighinn air-loidhne le faclan bunaiteach - àireamhan, dathan, làithean, faclan fàilte bunaiteach, msaa.
- Latha dheth aon latha san t-seachdain airson beagan mhìosan
- Tha mi mothachail gu bheil mo litreachadh/ gràmar lapach
- Litrichean agus postairean fiosrachaidh anns a' Ghàidhlig

An tàinig thu tarsainn a-riamh air Gàidhlig ga cleachdadh san àite-obrach agad?		
Roghainnean freagairt	Freagairt %	Àireamh fhreagairt

Thàinig	10.5%	53
Cha tàinig	89.5%	451
Ceist air a freagairt		504
Ceist gun freagairt		13

Eisimpleirean de Ghàidhlig air a cleachdadh san àite-obrach a' toirt a-steach:

- Leasachadh cànan aig A' Chomuinn Ghàidhealaich (a' cur air adhart Am Mòd Nàiseanta Rìoghail) agus Comann nam Pàrant (buidheann phàrant is phàisde) agus cuideachd mar neach-teagaisg Gàidhlig
- Tha beagan de luchd-labhairt na Gàidhlig againn ann an roinn rathaidean Comhairle Baile Obar Dheathain a bhios aig amannan ga bruidhinn
- Nuair a bhithinn a' dèiligeadh ri Ùghdarrasan Albannach eile mar phàirt den obair làitheil agam.
- Comhairle Obar Dheathain nuair a bha mi nam oileanach de dh'obair shòisealta ann an dachaigh cùraim
- Urras Nàiseanta na h-Alba. Ann an cuid de thachartasan bhithear a' cleachdadh còmhradh is sgrìobhadh dà-chànanach Beurla/Gàidhlig
- Toirt seachad ghoireasan leithid leabhraichean, bàrdachd, cànan, cùrsaichean msaa mar phàirt de sholar seirbheis leabharlann is seirbheisean
- Taobh a-staigh Comhairle Baile Obar Dheathain nuair a chuala mi luchd-obrach ga cleachdadh nuair a bha iad a' còmhradh ri luchd-tadhail aig an taigh-tasgaidh
- Seirbheis leabharlann a' libhrigeadh sheiseanan Bookbug sa Ghàidhlig
- Conaltradh le Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba
- M'obair le 'Adventure Aberdeen' airson Comhairle Baile Obar Dheathain, bidh sinn a' cleachdadh Gàidhlig airson ainmean-àite a' mhòr-chuid de na làithean
- Taisbeanaidhean taighean-tasgaidh agus gailearaidhean nàiseanta, pàipearan agus bileagan
- Bidh am manaidsear agam a' bruidhinn Gàidhlig agus tha sinn air beagan còmhradh a dhèanamh
- Bha mi a' teagasg Gàidhlig anns an Eilbheis beagan bhliadhnaichean air ais!

Am bu toil leat faicinn barrachd Gàidhlig ga cleachdadh san àite-obrach?		
Roghainnean freagairt	Freagairt %	Àireamh fhreagairt
Bu toil	33.1%	163
Chan bu toil	66.9%	329
Ceist air a freagairt		492
Ceist gun freagairt		25

Chaidh faighneachd do luchd-obrach dè an dòigh sam bu toil leotha faicinn Gàidhlig ga cleachdadh nas motha san àite-obrach agus seo cuid de na freagairtean:

- Tha eadar-theangachaidhean againn airson a' mhòr-chuid de chànanan eile agus mar sin bhiodh e math nam biodh an aon rud againn anns a' Ghàidhlig
- Nam biodh e taobh ri taobh faclan Beurla air soidhnichean msaa gheibheadh sinn barrachd eòlais air agus chitheadh sinn barrachd ùidh ann a bhith ga h-ionnsachadh
- Tha mi smaoinichadh gum biodh e inntinneach bho shealladh cultarail nam biodh an dà chànan air pàipearan oifigeil.
- Cleachdadh ionadail airson pàircean is àiteachan uaine
- Soidhnichean dà-chànanach
- Ga toirt a-steach do sgoiltean, gu sònraichte aig ìre bun-sgoile
- Conaltradh le saoranaich a tha fileanta sa Ghàidhlig, foillseachaidhean làrach-lìn, tachartasan bailteil/stuthan taisbeanaidh
- Bu math leam nam biodh luchd-labhairt na Gàidhlig rim faighinn airson bruidhinn ri daoine ann an m.e. dachaighean cùraim nam biodh feum orra oir thàinig mi tarsainn air suidheachaidhean far an robh daoine le seargadh-inntinn a' bruidhinn anns a' Ghàidhlig agus cha robh fios aig duine dè a bha iad ag ràdh
- Bu mhath leam nam biodh Clann fo Chùraim a' faighinn cothrom a bhith mothachail agus goireasan a chleachdadh a dh'fhaodadh an cànan ionnsachadh dhaibh
- Litrichean gu ar pàrantan san Ionad Ghàidhlig air an sgrìobhadh sa Ghàidhlig san aon dòigh anns a bheil cànanan eile gan cleachdadh
- Taic ga thoirt do chùrsaichean trèanaidh bunaiteach. Taic ga thoirt do theisteanasan
- Gus a bhith a' cuideachadh Alba agus Comhairle Baile Obar Dheathain an dearbh-aithne aca àrdachadh
- A' cleachdadh na h-ealain agus cultar mar mheadhan gus am faigh daoine air an sgrùdadh ann an co-theacsa agus cuideachd gus sgrùdadh a dhèanamh air iomchaidheachd a' chànan a-nis

Mar thoradh air ceist fhosgailte a thaobh beachdan air mar as urrainn do Chomhairle Baile Obar Dheathain taic choitcheann a chumail ris a' Ghàidhlig, nochd na freagairtean a leanas:

- Leanaidh oirbh ga theagasg dhaibhsan a tha airson a sgrùdadh – cha bu chòir leigeil leis a' chànan bàsachadh
- Le bhith a' gabhail ciad cheumannan gus barrachd follaiseachd a thoirt don chànan le leudachadh farsaing anns a' choimhearsnachd, dh'fhaodadh Comhairle Baile Obar Dheathain aire a tharrang gu mothachadh de sheirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig a dh'fhaodadh iarrtas a bhrosnachadh agus, bhithear an dòchas, barrachd ùine gu bhith ga cleachdadh nas fharsainge
- Gàidhlig air carbaidean na Comhairle. A' cur Gàidhlig mar chànan roghainneil air pàipearan agus bileagan. A' tàladh a' Mhòd gu Obar Dheathain.
- Ma lorgas an sgrùdadh gu bheil fìor iarrtas ann, dh'fhaodadh a' Chomhairle pàipearan fhoillseachadh anns a' Ghàidhlig (mar a tha iad a' dèanamh le cànanan mar Pòlanais, no Braille/clò mòr msaa.) ach is dòcha gur e an dòigh as èifeachdaiche air taic a chumail ris a' Ghàidhlig gus am bi i beò 's e bhith ga daingneachadh ann an curraicealam na sgoile – a bheil iarrtas ann airson

seo? Agus càite a bheil Doric a' seasamh anns a' churraicealam? A bheil Doric a' faighinn aire agus spèis den aon sheòrsa?

- B'fheàrr leam faicinn Doric a' faighinn taic an àite Gàidhlig, mar chànan nas ionadaile
- Bu chòir fòcas Comhairle Obar Dheathain a bhith air Albais mar chànan dùthchasach nas iomchaidh don ET
- Na mo dhreuchd-sa bhiodh e na b'fheumail dhomh a bhith a' bruidhinn cànan à taobh an ear na h-Eòrpa leithid Pòlanais no Latvian – ged a tha mi a' tuigsinn gu tur am feum a th'ann feuchainn ris a' Ghàidhlig a chumail beò – leis gu bheil i na pàirt de dhualchas na h-Alba – duilich a ràdh, tha mi dìreach air coinneachadh ri glè bheag de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an coimeas ri feadhainn a bhuineas do thaobh an ear na h-Eòrpa
- Tha mi a' fàs sgèith den earball a' stiùireadh a' choin agus Mafia na Gàidhlig ag agairt gu bheil a' Ghàidhlig cudromach do dh'Alba. Leis gur e Pòlanais an cànan dà-chànanach roghnaichte ann an Obar Dheathain bhithinn a' smaoinneachadh gur e seo an cànan as cudromaiche do dhùthaich le sealladh adhartach an àite dreachd de dh'eachdraidh na h-Alba a-mach à canastair aran-cridhe.
- Caitheamh ùine, bhiodh e mòran nas fheumail dhuinn uile cànan bho thaobh an ear na h-Eòrpa ionnsachadh (se sin cànan a thathas da-rìribh a' bruidhinn mar chiad chànan le cuid de dhaoine ann an Obar Dheathain)
- Cha toirinn taic idir dhith. Tha an cànan marbh. Bhiodh e na b'fheàrr airgead luchd-pàighidh chisean a chosg air cànanan beò leihid Spàinntis, Mandarin agus Arabach
- Bu chòir do COD aithneachadh nach robh a' Ghàidhlig gu dualchasach ga bruidhinn anns an ET airson ùine fhada, agus gur e Doric as bitheanta san sgìre seo. Le sin a ràdh, ghabhainn ris gum biodh e math don dualchas mothachadh agus failte a thoirt don chànan oir dhèanadh e feum don dualchas cultarail againn. Ged nach eil an ET tuilleadh na sgìre Gàidhlig, tha na h-ainmean-àite uile air a thighinn bhon Ghàidhlig agus bheireadh sin air daoine barrachd spèis is ùine a bhith aca don chànan.
- Le bhith a' gabhail ciad cheumannan gus barrachd follaiseachd a thoirt don chànan ann an co-theacsa leudachadh nas fharsainge sa choimhearsnachd, dh'fhaodadh Comhairle Baile Obar Dheathain aire a tharrang gu mothachadh de sheirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig a dh'fhaodadh iarrtas a bhrosnachadh agus, bhithear an dòchas, barrachd ùine gu bhith ga cleachdadh nas fharsainge.
- A bheil prògraman ann mu thràth gus a' Ghàidhlig a leasachadh anns na leabharlannan againn?
- Dh'fhaodadh Comhairle Baile Obar Dheathain taic a chumail ris a' Ghàidhlig tro na h-Ealain - meadhanan, eachdraidh agus cànan air an cothlamadh airson diofar bhuidhnean aoise air feadh a' Bhaile-mhòir.

Chithear co-dhùnaidhean an sgrùdaidh co-cheangailte ri Foghlam Gàidhlig ann an caibideil 3 den Phlana seo.

Tha beachdan bhon eacarsaich Co-chomhairle Poblach rim faicinn ann an caibideil 5 aig deireadh a' phlana.

CAIBIDEIL 2 – RÙINTEAN BUNAITEACH

Tha am Plana Gàidhlig seo mar thoiseach tòiseachaidh airson a bhith a' leasachadh agus ag adhartachadh ar solar Gàidhlig gnàthaichte. Tha na rùintean againn sa phlana a' suidheachadh na nì sinn gus inbhe na Gàidhlig a thogail ann an dòigh a tha cothromach. Tha sinn air a bhith ag obair leis an stiùireadh mu dè a bhiodh cothromach airson Plana Comhairle Baile Obar Dheathain, a' toirt aire don ìre gu bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn anns a' bhaile-mhòir agus na cothroman a th'ann airson fàs.

Bidh Comhairle Baile Obar Dheathain a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla, a thaobh seirbheisean is goireasan dà-chànanach sam bith, agus nì sinn tairgse for-ghnìomhach airson gach seirbheis is goireas dà-chànanach (Gàidhlig/Beurla).

Bidh grunn de dh'oifigearan aig àrd-ìre taobh a-staigh na Comhairle agus cuid den sgioba aca cunntachail airson na prìomh gheallaidhean a tha air an suidheachadh gu h-ìseal a lìbhrigeadh. Mar chiad cheum ann a bhith a' cur am Plana air adhart, bheirear seachad trèanadh ann am Mothachadh na Gàidhlig don luchd-obrach anns na raointean leasachaidh a tha air an ainmeachadh.

Anns an stiùireadh reachdail aige mu Ullachadh Phlanaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig ag ràdh gu bheil a bhith a' cruthachadh an t-suidheachaidh as fheàrr gus Gàidhlig a chleachdadh san t-saoghal phoblach air aon de na mìrean as bunaitiche de dh' ùrachadh-cànain. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean de lìbhrigeadh sheirbheisean a chomharrachadh a tha iad ag iarraidh gun cuir buidhnean poblach rompa nuair a tha iad ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig:-

Ìomhaigh:	aithne chorporra sanasan
Conaltradh:	fàilteachas fòn post agus post-dealain bileagan coinneamhan poblach modhan gearain
Foilseachaidhean:	dàimh poblach agus na meadhanan stuth air a chlò-bhualadh làraich-lìn taisbeanaidhean
Luchd-obrach:	trèanadh ionnsachadh-cànain fastadh sanasachd

Earrann 1 – Ìomhaigh

Feallsanachd:

Bidh a' Ghàidhlig ann an ìomhaigh chorporra agus sanasan ùghdarras poblach a' cur gu mòr ri ìomhaigh a' chànain, ri a h-inbhe agus a' dèanamh aithris gu math cudromach air an luach a thathar a' cur air a' Ghàidhlig is air an urram a thathar a' toirt dhith. Cuideachd, faodaidh leasachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasan cur ri saidhbhreas cainnt luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, ri aire an t-sluaigh air a' chànan agus cuideachadh gus a leasachadh.

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain ag obair gus ath-structar air riaghladh corporra a thoirt gu buil le bhith a' cruthachadh Seirbheis Conaltraidh is Brosnachaidh ùr. Bidh an t-seirbheis seo a' toirt còmhla sgiobaidhean a tha an-dràsta an sàs ann an sanasachd, tachartasan baile, brosnachadh baile, dealbhadh, conaltradh didseatach, saorsa fiosrachaidh, conaltradh taobh a-staigh, margaideachd, dàimh leis na meadhanan, aithris poblach, ceangal càraid agus gnìomhachd lìn. Tha cothrom math an seo airson tòiseachadh air Gàidhlig a thoirt a-steach do t-sruth gu seirbheisean conaltraidh is brosnachaidh na Comhairle.

Aig cridhe na seirbheis tha dleastanan bunaiteach a bhith ag adhartachadh conaltradh agus ceangal na Comhairle le muinntir Obar Dheathan. A bharrachd air an sin, le bhith ag àrdachadh mothachadh mu obair is coileanaidhean na Comhairle agus ar com-pàirtichean ann an Obar Dheathain bidh an t-seirbheis seo a' dèanamh cinnteach gu bheil Obar Dheathain aithnichte mar dheagh àite airson fuireach, obair agus tadhal.

Aig an àm seo chan eil a' Ghàidhlig na pàirt den ìomhaigh chorporra no na soidhnichean againn. Thathas an-dràsta a' leasachadh Ro-innleachd Conaltraidh is Brosnachaidh agus bidh raointean anns am faodar a' Ghàidhlig a thoirt a-steach air an toirt a-steach mar phàirt den phròiseas leasachaidh. Thèid stiùireadh corporra a leasachadh gus an tèid beachdachadh air a' Ghàidhlig a thoirt a-steach do dh'iomairtean branndaidh san àm ri teachd agus dèanamh cinnteach gun tèid co-ionannachd spèis a nochdadh don Ghàidhlig ris a' Bheurla far am bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh.

Tha Comhairle Obar Dheathain ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' leudachadh follaiseachd na Gàidhlig agus ag àrdachadh a h-inbhe.

Ìomhaigh Chorporra

Cleachdadh gnàthaichte: Chan eil a' Ghàidhlig follaiseach ann an ìomhaigh chorporra sam bith aig a' Chomhairle

Raon leasachaidh

Gnìomhachd

Clàr-ama

Oifigear Stiùiridh

Suaicheantas dà-chànanach	Thèid stiùireadh a leasachadh airson cleachdadh na Gàidhlig co-cheangailte ris an t-suaicheantas corporra gnàthaichte againn mar chleachdadh àbhaisteach agus a dhol an àite cruth roimhe seo den t-suaicheantas corporra. Bidh an stiùireadh sin stèidhichte air prionnsapal co-ionannachd spèis agus tairgse for-ghnìomhach.	Le ath-bhrannaidh na Comhairle	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh
Iomairtean Brannaidh a' Bhaile-mhòir	Thèid beachdachadh air a' Ghàidhlig agus beachdachadh air a toirt a-steach do dh'iomairtean ath-bhrannaidh airson làraichean is phròiseactan leasachaidh	Pròiseactan san àm ri teachd	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh
Cruth Gàidhlig den t-suaicheantas	Mar chiad cheum agus mus tèid suaicheantas na Comhairle a dhèanamh dà-chànanach, thèid cruth Gàidhlig de shuaicheantas na Comhairle a chruthachadh agus a chleachdadh co-cheangailte ri foghlam is iomairtean Gàidhlig	Taobh a-staigh 6 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana.	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh
Aithrisean seallaidh / Abairt fiosrachaidh	Bidh aithrisean seallaidh is abairtean fiosrachaidh dà-chànanach air pàipearan Foghlaim agus taghadh de phàipearan comhairle eile	Taobh a-staigh 6 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh Ceannard Seirbheisean Foghlaim

Sanasachd (Taobh a-staigh agus taobh a-muigh)

Cleachdadh gnàthaichte: Tha soidhne dà-chànanach aig Sgoil Gilcomstoun far a bheil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Chan eil poileasaidh aig Comhairle Baile Obar Dheathain a bhith a' taisbeanadh shoidhnichean corporra, carbaid no sràid dà-chànanach.

Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Oifigear Stiùiridh	Cosgaisean & Maoineachadh
Soidhnichean Inntigidh Sràide	Beachdaichidh a' Chomhairle air soidhnichean inntigidh dà-chànanach far a bheil ùghdarras aca, a' nochdadh co-ionannachd spèis do gach cànan. Nì sinn ceangal le BEAR Scotland a thaobh prìomh rathaidean a tha taobh a-muigh an ùghdarras againn gus seasmhachd a chumail suas. (Faic suaicheantas dà-chànanach gu h-àrd)	Le ùrachadh no cuir an àite.	Ceannard Dealbhaidh is Leasachaidh Seasmhach
Soidhnichean Sràide Dà-chànanach	Thèid beachdachadh cùis às deidh cùis air soidhnichean sràide dà-chànanach aig àm ùrachaidh no cuir an àite, a' nochdadh co-ionannachd spèis do na cànanan	A' tòiseachadh taobh a-staigh 6 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus a' leantainn fad ùine ar plana 5 bliadhna.	Ceannard Dealbhaidh is Leasachaidh Seasmhach
Soidhnichean Colaisde	Thathas an-dràsta a'	Taobh a-staigh 6 mìosan bho	Ceannard Conaltraidh is

Marischal	beachdachadh air sanasachd airson togalach Colaisde Marischal. Gabhar an cothrom soidhnichean Gàidhlig iomchaidh a chuir suas aig Colaisde Marischal agus Taigh a' Bhaile leithid soidhne fàilteachaidh agus tiotalan seirbheis a' nochdadh co-ionannachd spèis do gach cànan. (Faic suaicheantas dà-chànanach gu h-àrd)	bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Brosnachaidh
Sanasachd Carbaid	Thèid beachdachadh air a' Ghàidhlig nuair a bhithear a' cur suas soidhnichean carbaid ùr no feadhainn nan àite, a' nochdadh co-ionannachd spèis do na cànanan. (Faic suaicheantas dà-chànanach gu h-àrd)	Taobh a-staigh 6 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus a' leantainn fad ùine ar plana 5 bliadhna	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh
Soidhnichean is Bùird Ioma-cànanach	Thèid beachdachadh air Gàidhlig a thoirt a-steach do shoidhnichean agus bùird ioma-cànanach, air an taisbeanadh le co-ionannachd spèis ris a' Bheurla. Cumar còmhraidhean le Visit Scotland far am bi sin iomchaidh a thaobh soidhnichean turasachd.	Fad beatha a' phlana	Ceannard Dealbhaidh is Leasachaidh Seasmhach
Pàircean is Gàrraidhean	Thèid beachdachadh air Gàidhlig a thoirt a-steach don	Taobh a-staigh 6 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta	Ceannard Dealbhaidh is Leasachaidh Seasmhach

ath-sgrùdadh a thathas a' don phlana.
dèanamh an-dràsta air
soidhnichean ann am pàircean
is gàrraidhean. (Faic
suaicheantas dà-chànanach
gu h-àrd)

A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2

Earrann 2 – Conaltraidhean

Feallsanachd:

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad ìre aig am bi ceangal aig a' phoball ri ùghdarras poblach a' cur ri na h-uimhir den chànan a tha ri fhaicinn is ri chluinntinn agus bidh e a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus airidh air fàilte. A bharrachd air a bhith a' cur ri inbhe a' chànan, bidh e cuideachd a' cruthachadh chothroman gus a cleachdadh agus a' brosnachadh dhaoine gus Gàidhlig a chleachdadh nuair a thathar a' gabhail gnothach ris an ùghdarras poblach an dèidh sin.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis an ùghdarras ann an litrichean, puist-d agus air a' fòn cudromach ann a bhith a' cruthachadh chothroman practigeach airson an cànan a chleachdadh, agus a' cur ri mothachadh gu bheil a cleachdadh comasach agus airidh air fàilte. Is urrainn do làthaireachd na Gàidhlig ann an raon farsaing de bhileagan dà-chànanach agus bhileagan gu tur anns a' Ghàidhlig cuideachd cuir ri follaiseachd agus inbhe a' chànan. Is urrainn cuideachd a bhith ag ullachadh dreachan Gàidhlig de fhoirmean, thagraidhean agus phàipearan co-chosmhail, cuideachadh le bhith a' leudachadh raon briathrachais na Gàidhlig agus mothachadh a' phobaill aig a bheil Gàidhlig mun bhriathrachas sin, agus mar sin a' cuideachadh le leasachaidh a' chànan fhèin.

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain ag aithneachadh cho cudromach agus a tha e cothroman a chruthachadh gus a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig gu practaigeach ann an raon farsaing de shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aice cur ris an ìre de dh'ullachadh anns an raon seo. Bheir sinn taic do luchd-obrach gus na sgilean conaltraidh aca anns a' Ghàidhlig a leasachadh agus far a bheil cothroman ann tha sinn a' gealltainn sin a dhèanamh aithnichte do luchd-cleachdaidh na seirbheis.

Fàilteachas			
Cleachdadh gnàthaichte: Chan eil a' Chomhairle a' dèanamh ullachadh airson na Gàidhlig aig raointean fàilteachais.			
Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Poileasaidh tairgse for-ghnìomhach	Far a bheil an cothrom ri fhaighinn thèid a bhrosnachadh gu follaiseach	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus a' leantainn fad ùine ar plana 5 bliadhna	Ceannard HR & Seirbheis Custamair
Ionnsachadh Cànan	Bidh facail fàilteachaidh	Taobh a-staigh 12 mìos bho	Ceannard HR & Seirbheis

sìmplidh rim faighinn tro thrèanadh dha luchd-obrach fàilteachais gus fàilte a chuir air luchd-cleachdaidh seirbheis a bhruidhneas anns a' Ghàidhlig	bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Custamair
A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2		

Fòn			
Cleachdadh gnàthaichte: Chan eil poileasaidh an-dràsta aig a' Chomhairle a thaobh fiosan fòn a gheibhear anns a' Ghàidhlig no co-cheangailte ri cuspairean Gàidhlig.			
Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Bileag stiùiridh	Thèid bileag stiùiridh a dheasachadh a mhìnicheas do luchd-obrach mar a bu chòir dèiligeadh ri fiosan fòn a gheibhear anns a' Ghàidhlig. Bheir seo seachad fiosrachadh iomchaidh cuideachd mu fheadhainn a tha comasach air dèiligeadh ri seirbheisean Gàidhlig	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh
Teachdaireachdan puist gutha	Stèidhich banca sgilean Gàidhlig de luchd-labhairt na Gàidhlig taobh a-staigh na comhairle a dh'fhaodadh a bhith deònach a bhith an sàs ann an iarrtasan Gàidhlig gu	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard HR & Seirbheis Custamair Ceannard Seirbheisean Foghlaim

saor-thoileach.

A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2

Post agus post-dealain

Cleachdadh gnàthaichte: Chan eil poileasaidh an-dràsta aig a' Chomhairle a thaobh post agus post-dealain.

Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Post agus post-dealain a gheibhear anns a' Ghàidhlig	Thèid seo a thoirt a-steach do aon Nota Stiùiridh a bheir a-steach stiùireadh airson fiosan fòn anns an earrann gu h-àrd. Thèid litrichean a gheibhear anns a' Ghàidhlig am freagairt anns a' Ghàidhlig, taobh a-staigh na h-aon ùine ris a' Bheurla.	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard HR & Seirbheis Custamair Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Ainmean-sgrìobhte post-d & freagairtean fèin-ghluasadach Mach às an Oifis	Nì HR agus CS brosnachadh corporra mu chleachdadh ainmean-sgrìobhte agus freagairtean mach-às-an-oifis gu dà-chànanach	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard HR & Seirbheis Custamair
Poileasaidh Tairgse For-ghnìomhach	Stèidhich banca sgìlean corporra airson luchd-labhairt na Gàidhlig aithneachadh. Dh'fhaodadh seo a chleachdadh airson aithne fhaighinn air neach-obrach ann an suidheachadh seirbheis co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard HR & Seirbheis Custamair

A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2

Bileagan			
Cleachdadh gnàthaichte: Chan eil poileasaidh an-dràsta aig a' Chomhairle a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann am bileagan.			
Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Foirmean a gheibhear anns a' Ghàidhlig	Tha a' Chomhairle a' gealltainn gabhail ri foirmean a gheibh iad agus a tha air an lìonadh anns a' Ghàidhlig agus am freagairt ma tha feum air sin a dhèanamh anns a' Ghàidhlig	Fad beatha a' phlana	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh
Foirmean Foghlaim	Thèid sgrùdadh a dhèanamh air foirmean a thaobh foghlaim agus thèid a' Ghàidhlig a thoirt a-steach annta airson adhbharan FTMG agus FG.	Fad beatha a' phlana	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Foirmean Coitcheann	Mar chiad cheum bheir a' Chomhairle susbaint Ghàidhlig a-steach do chuid de fhoirmean, a' nochdadh co-ionannachd spèis do shusbaint Gàidhlig is Beurla. Tòisichidh seo le tiotalan, agus thar beatha a' phlana gluaisidh seo gu bhith a' cruthachadh fhoirmean a tha gu tur dà-chànanach. Cleachdaidh a' Chomhairle sa chiad àite TòMaS* an t-Seirbheis Cuimhne Eadar-theangachaidh Ghàidhlig ma tha feum air foirm eadar-theangachadh gu Gàidhlig. Aig an aon àm	Fad beatha a' phlana	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh

roinnidh sinn foirmean teasca coitcheann a tha sinn air eadar-theangachadh leis an t-seirbheis seo le buidhnean poblach eile

A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2

Coinneamhan Poblach

Cleachdadh gnàthaichte: Chan eil a' Chomhairle a' dèanamh ullachadh sam bith airson Gàidhlig a chleachdadh aig coinneamhan poblach.

Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Coinneamhan Foghlaim	Far am faighear iarrtas co-dhiù 3 latha ro cheann-latha coinneamh, thèid coinneamhan poblach a chumail san dà chànain, a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig agus don Bheurla	Fad beatha a' phlana	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Poileasaidh Tairgse For-ghnìomhach	Far a bheil an t-seirbheis ri fhaighinn aig coinneamhan coitcheann thèid sin a bhrosnachadh gu follaiseach	A' tòiseachadh taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus a' leantainn fad ùine ar plana 5 bliadhna	Ceannard Seirbheisean Lagha is Deamocratach

A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2

Modhan Gearain

Cleachdadh gnàthaichte: Chan eil a' Chomhairle a' dèanamh ullachadh sam bith airson a' Ghàidhlig a thoirt a-steach do na modhan gearain aca.

Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Nota Stiùiridh	Thèid nota stiùiridh a dheasachadh dha luchd-obrach air mar a bu chòir gearanan a gheibhear anns a' Ghàidhlig an làimhseachadh.	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard HR & Seirbheis Custamair
A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2			

Earrann 3 – Foillseachaidhean

Feallsanachd:

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon de stuth ann an clò cuideachadh ri leasachadh na Gàidhlig ann an caochladh dhòighean. Bidh e a' cuideachadh a' cur ri follaiseachd a' chànain, a' cur ri inbhe na Gàidhlig le bhith air a faicinn a bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean cudromach agus cuidichidh e gus briathrachas ùr a chruthachadh agus briathrachas gnàthaichte a leasachadh. Tha an ìre de Ghàidhlig anns na meadhanan a' cuideachadh gu bhith a' sealltainn an rùin aig ùghdarras poblach fiosrachadh cudromach a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, a bharrachd air a bhith a' cur ri follaiseachd is inbhe a' chànain. A rèir mar a gheibh barrachd dhaoine cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraich-lìn aca, faodar a bhith a' dèanamh ullachaidh mu chleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe is follaiseachd a' chànain.

Tha rùn aig Comhairle Baile Obar Dheathain cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann am foillseachaidhean far a bheil an cuspair a' bualadh air nithean a tha ceangailte gu sònraichte ris a' Ghàidhlig fhèin, aig a' char as lugha, agus ag àrdachadh follaiseachd a' chànain nas fharsainge far a bheil sinn a' creidsinn gun toir i seachad luach a bharrachd agus gun toirear spèis dhith oir tha ùidh aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig cuideachd ann an cuspairean nach eil ceangailte ris a' Ghàidhlig.

Dàimh Phoblach agus na Meadhanan

Cleachdadh gnàthaichte: Chan eil poileasaidh an-dràsta aig a' Chomhairle a thaobh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an dàimh phoblach agus na meadhanan.

Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Meadhanan Sòisealta	Thèid puist air Facebook agus tuitean mu Foghlam Gàidhlig agus Tachartasan Gàidhlig am foillseachadh gu dà-chànanach	A' tòiseachadh taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus a' leantainn fad ùine ar plana 5 bliadhna	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh
Brathan Naidheachd	Bidh brathan naidheachd a thaobh iomairtean Gàidhlig rim faighinn gu dà-chànanach	A' tòiseachadh taobh a-staigh 6 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh

		agus a' leantainn fad ùine ar plana 5 bliadhna	
Sealladh co-obrachail le buidhnean eile a tha a' toirt seachad chothroman Gàidhlig	Le bhith ag obair le buidhnean leithid Oilthigh Obar Dheathain, Club Gàidhlig Obar Dheathain, Comhairle Siorrachd Obar Dheathain agus Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh bidh sinn a' brosnachadh chothroman gus a bhith an sàs le cultar na Gàidhlig agus ag ionnsachadh na Gàidhlig	A' tòiseachadh taobh a-staigh 6 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus a' leantainn fad ùine ar plana 5 bliadhna	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh
Ag obair ann an com-pàirt	Bidh sinn a' brosnachadh buidhnean treas roinn a tha ag obair don Chomhairle a bhith a' libhrigeadh fiosrachadh PR a thaobh tachartasan Gàidhlig gu dà-chànanach	A' tòiseachadh taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus a' leantainn fad beatha a' phlana	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh
A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2			

Stuth air a chlà-bhualadh			
Cleachdadh gnàthaichte: Chan eil poileasaidh an-dràsta aig a' Chomhairle a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an stuth air a chlà-bhualadh.			
Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Stiùiridhean	Leasaichidh sinn stiùiridhean stèidhichte air prionnsapalan co-ionannachd spèis, tairgse for-ghnìomhach agus àbhaisteachadh na Gàidhlig	A' tòiseachadh taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus a' leantainn fad beatha a' phlana	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh

	airson Gàidhlig a chleachdadh san àm ri teachd ann am pàipearan na Comhairle, far am biodh sin a' buntainn ri Leasachadh na Gàidhlig		
Pàipearan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig	Thèid artaigean co-cheangailte ri Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig Bun-sgoil Gilcomstoun agus Foghlam Gàidhlig aig Acadamaidh Hazlehead fhoillseachadh gu dà-chànanach	A' tòiseachadh taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus a' leantainn fad beatha a' phlana	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Ro-shealladh Sgoile, cuairt-litrichean agus leabhraibh bliadhna	Bheir sgoiltean a tha a' toirt seachad Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam Gàidhlig Àrd-sgoile artaigean co-cheangailte ri Gàidhlig seachad gu dà-chànanach. Thèid cothroman aithneachadh airson Gàidhlig a thoirt a-steach do na pàipearan agus a h-inbhe agus a follaiseachd àrdachadh	A' tòiseachadh taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus a' leantainn fad beatha a' phlana	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Aithisg Ìrean & Càileachd	Bheir aithisg bhliadhna na comhairle mu Ìrean agus Càileachd Foghlaim a-steach ro-ràdh agus tiotalan caibideil dà-chànanach	A' tòiseachadh taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus a' leantainn fad beatha a' phlana	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2			

Làraich-lìn			
Cleachdadh gnàthaichte: Chan eil poileasaidh an-dràsta aig a' Chomhairle a thaobh cleachdadh na Gàidhlig air na làraich-lìn aige.			
Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Seirbheisean Gàidhlig	Thèid fiosrachadh mu sheirbheisean Gàidhlig na comhairle a thoirt seachad gu dà-chànanach	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Stiùiridhean Làrach-lìn	Thèid na stiùiridhean airson ar làrach-lìn ùrachadh mar phàirt den Ro-innleachd Conaltraidh agus Brosnachaidh a bheir a-steach prionnsapalan sruth coitcheann, co-ionannachd spèis agus tairgse for-ghnìomhach.	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh
A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2			

Taisbeanaidhean

Cleachdadh gnàthaichte: Chan eil poileasaidh an-dràsta aig a' Chomhairle a thaobh cleachdadh na Gàidhlig aig taisbeanaidhean.

Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Stiùiridhean Taisbeanaidh	Leasaichidh sinn stiùiridhean a bheir a-steach prionnsapalan sruth coitcheann, co-ionannachd spèis agus tairgse for-ghnìomhach airson Gàidhlig a chleachdadh anns na taisbeanaidhean againn san àm ri teachd ris am bi a' Chomhairle a' cur.	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh

A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2

Earrann 4 – Luchd-obrach

Feallsanachd:

Gus seirbheisean a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, feumar eòlas-obrach agus eòlas-cànain an luchd-obrach a leasachadh. Ann a bhith a' toirt ionnsachadh-cànain don luchd-obrach, bithear a' cuideachadh gus ionnsachadh na Gàidhlig am measg inbhich a chur air adhart agus a' Ghàidhlig fhèin a chur air adhart mar sgil feumail san àite-obrach. Cuidichidh comharrachadh obraichean far a bheil a' Ghàidhlig na sgil fa leth gu mòr ri inbhe a' chànain agus gus a comharrachadh mar sgil feumail.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd cuideachd a' cuideachadh gu bhith a' tuigsinn gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite cudromach aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig taobh a-staigh ùghdarras poblach.

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain ag aithneachadh cho cudromach is a tha a' Ghàidhlig a mheas mar sgil cudromach a thaobh a bhith ag obair agus suidheachaidhean a shònrachadh far a bheil a cleachdadh riatanach no feumail. Tha Comhairle Baile Obar Dheathain ag aithneachadh cuideachd cho cudromach is a tha e cur air chomas don luchd-obrach cur ris a' Ghàidhlig aca mas e sin am miann.

Trèanadh			
Cleachdadh gnàthaichte: Chan eil a' Chomhairle a' toirt trèanadh do luchd-obrach co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.			
Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Nota Stiùiridh	Thèid stiùireadh a dheasachadh airson luchd-obrach co-cheangailte ris na seirbheisean Gàidhlig againn, a' toirt a-steach cò thuige dom bu chòir prìomh iarrtasan luchd-obrach a chuir. Thèid an Stiùireadh a thoirt a-steach do phròiseas inntrigidh luchd-obrach. Bheir a' Chomhairle seachad trèanadh ann an	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard HR & Seirbheis Custamair

mothachadh na Gàidhlig agus sgilean Gàidhlig don luchd-obrach, ceum às deidh ceum.

A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2

Ionnsachadh-cànain

Cleachdadh gnàthaichte: Chan eil a' chomhairle a' toirt seachad cothroman ionnsachaidh Gàidhlig don luchd-obrach. Thathas air mothachadh don ùidh a nochd luchd-obrach tron sgrùdadh a rinnear sa Ghearran 2015 agus bheir sin bunait do lìbhrigeadh na Raointean Leasachaidh a tha air an liostadh gu h-ìosal.

Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Clasaichean Coimhearsnachd	Thèid clasaichean a thathas a' ruith sa bhaile-mhòr agus san t-siorrachd tro Chlub Gàidhlig Obar Dheathain agus Oilthigh Obar Dheathain a bhrosnachadh don luchd-obrach	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard HR & Seirbheis Custamair Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Cùrsaichean Gàidhlig	Thèid cùrsaichean dachaigheil fad seachdain agus cùrsaichean bogaidh a mholadh do luchd-teagaisg agus prìomh luchd-obrach a tha an sàs anns a' Phlana Ghàidhlig	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard HR & Seirbheis Custamair Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Goireasan ionnsachaidh Gaidhlig	Tro fiosan air ais gheibhear aithne air luchd-obrach aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig agus a tha airson a h-ionnsachadh	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard HR & Seirbheis Custamair Ceannard Seirbheisean Foghlaim

agus thèid goireasan a chuir
air ar làrach ionnsachaidh air-
loidhne airson a h-uile neach-
obrach

A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2

Fastadh

Cleachdadh gnàthaichte: Far a bheil comas labhairt no sgrìobhaidh Gàidhlig riatanach don obair, bheirear aire do chomas cànan an tagraiche.

Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Brosnachadh Foghlaim Gàidhlig	Bidh sinn a' brosnachadh na cothroman a tha rim faighinn airson luchd-teagaisg gus gach cuid trèanadh fhaighinn ann am Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig, agus Cànan is Cultar na Gàidhlig mar chuspair	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2			

Sanasachd

Cleachdadh gnàthaichte: Chan eil poileasaidh an-dràsta aig a' Chomhairle a thaobh sanasachd anns a' Ghàidhlig

Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Dreuchdan Gàidhlig	Far a bheil a' Ghàidhlig riatanach no so-mhiannach san obair, bidh sanasan obrach da-chànanach	Taobh a-staigh 6 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard HR & Seirbheis Custamair leis an t-seirbheis anns a bheil an dreuchd ga shanasachadh
A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2			

CAIBIDEIL 3 – BUaidH AIG POILEASaidH AIR A' GHàIDHLIG

A' coileanadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain ag aithneachadh gun tèid na raointean as cudromaiche a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh air a' chuid as motha tron phlana Gàidhlig againn ach gun èirich cothroman gus an cànan a chur air adhart agus a leasachadh tro na ceuman poileasaidh a tha ann an-dràsta. Nì sinn sgrùdadh air na rùintean a thaobh poileasaidh a tha ann an-dràsta far am faodar Gàidhlig a thoirt a-steach gu gnìomhach agus na tàbhachdan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an sàs tro mhodhan a bharrachd. Chì sinn an leasachadh seo a rèir prionnsapal an àbhaisteachaidh, aig a bheil e mar amas Gàidhlig a thoirt a-steach mar chuid de bheatha làitheil na h-Alba.

Ann an cruthachadh, ùrachadh is dearcnachadh phoileasaidhean, nì Comhairle Baile Obar Dheathain cinnteach gum bi a' bhuaidh air a' Ghàidhlig air an aon rèir ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Sealladh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig ag aithneachadh ceithir mìrean ceangailte a bhuineas ri leasachadh-cànain air an fheumar aghaidh a thoirt, agus nam broinn tha e a' nochdadh caochladh raointean-gnìomha tàbhachdach:

1. *Togail cànan*

Cur ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid an cànan a thoirt a-nuas ann an teaghlaichean is le bhith a' faighinn cothroman gus a' Ghàidhlig ionnsachadh, le bhith:

- a' cur ri cleachdadh is cur-a-null na Gàidhlig aig an taigh
- a' cur ri àireamh na cloinne a bhios a' togail na Gàidhlig anns an sgoil
- a' meudachadh air na tha ri fhaotainn de fhoghlam tron Ghàidhlig agus na tha a' tòiseachadh ann
- a' cur ri àireamh luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig a' dol air adhart gu fileantachd

2. *Cleachdadh cànan*

A' brosnachadh barrachd chleachdaidh na Gàidhlig, toirt cothroman air a' chànan a chleachdadh, agus adhartachadh cothrom air modhan labhairt Gàidhlig, le bhith:

- a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
- a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlaim aig an treas ìre agus ann an ionadan-obrach
- a' cur ri ìre na Gàidhlig anns na meadhanan
- a' cur ri adhartachadh na Gàidhlig ann an saoghal nan ealain
- a' cur ri ìomhaigh na Gàidhlig ann an roinnean turasachd, dualchais is chur-seachadan

3. *Inbhe a' chànan*

A' cur ris an ìre de Ghàidhlig a chithear is a chluinnear, cur ris an ìre de dh'èolas a tha oirre agus ìomhaigh dheimhinn a chruthachadh airson na Gàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba, le bhith:

- a' cur ri ìre nam buidhnean a dh'ullaicheas Planaichean Gàidhlig
- ag àrdachadh ìomhaigh is cliù na Gàidhlig
- ag àrdachadh na h-ìre de Ghàidhlig a chithear is a dh'aithnichear

4. *Corpas a' chànan*

A' cur ri brìgh is seasmhachd na Gàidhlig is a' cur air adhart rannsachadh mun chànan, le bhith:

- a' cur ri ìomchaidheachd is cunbhalachd na Gàidhlig
- a' cur ri càileachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig is ris a' chothrom orra
- a' cur ris a' chothrom air fiosrachadh-rannsachaidh mionaideach

Rùn mu Amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha rùn aig Comhairle Baile Obar Dheathain dèanamh cinnteach gun tèid am Plana Nàiseanta a chur an gnìomh is anns an earrann seo, tha sinn a-mach air mar a tha e san amharc againn an t-amas sin a thoirt gu buil.

1. Togail Cànain

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain ag aithneachadh ma tha seasmhachd gu bhith an dàn don Ghàidhlig gum feum barrachd dhaoine an cànain ionnsachadh agus nach fhuilear sealltainn gu sònraichte ris an dachaigh, ri foghlam is ionnsachadh do dh'inbhich mar na modhan as fheàrr gus seo a thoirt a-mach. Gabhaidh sinn na ceuman a leanas a chuidicheas gus àrainneachd thaiceil a chruthachadh gus fàs a thoirt air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.

Gàidhlig san dachaigh

Feallsanachd – Tha àireamhan a' sealltainn ged a tha 1636 neach-labhairt na Gàidhlig ann an Obar Dheathain, is e àireamh nas ìsle (405) a tha a' cleachdadh Gàidhlig san dachaigh. Bidh mòran pàrantan aig nach eil ach beagan de sgilean Gàidhlig, no eadhon gun gin idir, a' roghnachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig don chloinn aca, ag aithneachadh na buannachdan eanchainn a thig bho bhith dà-chànanach agus na buannachdan cultarail a thig bho Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Bithear a' ruith chlasaichean ionnsachaidh na Gàidhlig dha pàrantan gach madainn Dihaoine aig a' Bhuidheann Pàrant is Pàisde agus tha na clasaichean sin air an cuir air chois agus air am maoinachadh le Cròileagan Obar Dheathain. Tha raon math de chlasaichean agus chùrsaichean latha rim faighinn tro Chlub Gàidhlig Obar Dheathain, air an cuir air chois agus air am maoinachadh le Club Gàidhlig Obar Dheathain. Tha e cudromach gum bi pàrantan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, pàrantan a tha an dùil a bhith an sàs agus pàrantan chloinne a tha ann an clasaichean Gàidhlig a' faireachdainn comasach air taic a thoirt don chloinn aca le obair-dachaigh agus comasach air cothrom a thoirt don chloinn a bhith a' cleachdadh na sgilean Gàidhlig aca gu h-àbhaisteach anns an dachaigh. Tha Comhairle Baile Obar Dheathain a' cumail taic ris na buidhnean sin tron Oifigear Leasachaidh airson Foghlam Gàidhlig.

Thog Seirbheisean Leabharlann a' phuing ged a tha pasgain Bookbug sa Ghàidhlig air a bhrosnachadh air làrach-lìn na Comhairle, seach gu bheil pàrantan a' faighinn na pasgain aca gu dìreach chan eil adhbhar dhaibh sùil a chumail air an làrach. Ged a bhiodh na leabharlannan aig aon àm a' cumail raon de leabhraichean Gàidhlig chan eil iad air sin a dhèanamh airson beagan ùine.

Gàidhlig san Dachaigh			
Amasan:			
<ul style="list-style-type: none"> • Solar nas fheàrr de chlasaichean agus taic dha pàrantan • Barrachd cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus cothrom nas fheàrr air goireasan 			
Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Taic do phàrantan chloinne ann am FTMG airson ionnsachadh cànan	Nithear sgrùdadh de sholar gnàthaichte mu chothroman air ionnsachadh cànan a tha ri fhaighinn le pàrantan anns a' bhaile-mhòr agus thèid ro-innleachd a dheasachadh gus comasan Gàidhlig nam pàrant a leasachadh tro cho-obrachadh le Club Gàidhlig Obar Dheathain agus Oilthigh Obar Dheathain	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Obair leis a' Bhuidheann Taic Phàrant, Comann nam Pàrant	Dèan cinnteach gu bheil pàrantan a' faireachdainn gu bheil iad a' faighinn taic agus gu bheileas a' dèiligeadh ri draghan sam bith le bhith a' coinneachadh ris a' Bhuidheann Taic Phàrant bho àm gu àm	Taobh a-staigh 3 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Goireasan Gàidhlig air-loidhne	Àrdaich mothachadh de na goireasan Gàidhlig air-loidhne a tha rim faighinn agus mu thaic air-loidhne do phàrantan	Taobh a-staigh 3 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard Seirbheisean Foghlaim

	airson an cuid chloinne a chuideachadh le obair-dachaigh		
Brosnachadh phasgain Bookbug sa Ghàidhlig	Nì sinn ath-sgrùdadh air mar a tha pasgain Bookbug sa Ghàidhlig air an sanasachadh agus nì sinn cinnteach gu bheil luchd-obrach a tha an sàs ann an obair Tràth Bhladhnaichean mothachail air na tha ri fhaighinn. Bidh sinn ag obair le Comhairlichean Phàrant CnP agus seiseanan Bookbug sa Ghàidhlig a chuir air adhart ann an leabharlannan ionadail.	Taobh a-staigh 6 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Dèan sgrùdadh air iarrtas airson stuthan Gàidhlig anns na leabharlannan againn	Bidh sinn a’ brosnachadh taghadh de dh’fhoillseachaidhean Gàidhlig agus àrdaichidh sinn an stòras againn thar ùine a rèir far a bheil an iarrtas as motha.	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
A’ cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2			

Gàidhlig ann am Foghlaim

Tha dà-chànanas air feadh na Roinn Eòrpa air fhaicinn mar rud a tha glè àbhaisteach, furasta a choileanadh agus beòthail. Tha an àrdachadh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ag àrdachadh a’ chothrom a bhith dà-chànanach ann an Alba. Tha sgrùdadh a’ dearbhadh gu bheil dà-chànanas na bhuannachd do leasachadh leanab, feumail dhaibh san àm ri teachd, agus gu bheil buannachdan dà-chànanas fìor ge bith dè an cànan a tha iad a’ cleachdadh. Is e cuid de na buannachdan bho bhith dà-chànanach:

- Mothachadh nas fheàrr air dofar chultaran, diofar dhaoine agus diofar bheachdan
- Comas nas fheàrr air a bhith ioma-ghnìomhach agus cumail aire
- Tuigse nas fheàrr air co-rèir cànanain agus comas nas fheàrr air tuilleadh chànanan ionnsachadh
- Slighe gu litreachas eadar-dhealaichte, dòighean-smaoineachaidh agus dòighean-obrach eadar-dhealaichte
- Tha tuigse nas fheàrr aig luchd-labhairt na Gàidhlig a tha dà-chànanach air dearbh-aithne farsaing na h-Alba
- Tha sgrùdadh a' dearbhadh gu bheil clann a tha air an oideachadh anns a' Ghàidhlig aig an aon ìre no nas fheàrr nan co-còigearan aig a bheil aon chànan

Faodar barrachd a leughadh a thaobh buannachdan dà-chànanais aig www.bilingualism-matters.org.uk. Tha 'Bilingualism Matters' na Ionad aig Oilthigh Dhùn Èideann a tha a' brosnachadh dà-chànanas agus ionnsachadh dàrna cànan. Chaidh Gàidhlig na h-Alba a sgrùdadh còmhla ri mòran de chànanan eile.

Gus dèanamh cinnteach gum bi libhrigeadh èifeachdach ann a thaobh geallaidhean foghaim ann am plana Gàidhlig Comhairle Baile Obar Dheathain, bidh sinn a' leasachadh *Plana Ro-innleachd Foghlaim Gàidhlig* le stiùireadh a thèid fhoillseachadh ann an co-bhonn ri Bòrd na Gàidhlig. Thèid am plana foghlaim agus an stiùireadh fhoillseachadh còmhla ri Plana Gàidhlig Comhairle Obar Dheathain cho luath 's a thèid aontachadh.

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain a' leasachadh *Plana Foghlaim Gàidhlig* a thèid a leasachadh nas fhaide agus a chrìochnachadh le stiùiridhean a thèid fhoillseachadh às deidh conaltradh le Bòrd na Gàidhlig ron Mhàrt 2016. Thèid am plana seo a chuir an gnìomh le Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig.

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh am measg luchd-obrach Comhairle Baile Obar Dheathain a thaobh an ìre de mhothachadh a bha aca de Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig anns a' bhaile-mhòir agus a dh'aindeoin gun robh an t-solar seo ri fhaighinn o chionn 1991, bha 50% den 505 neach-freagairt nach robh mothachail gu robh sin ann. Nochd 5 de na 50 neach-teagaisg anns an sgrùdadh ùidh ann a bhith a' faighinn trèanadh airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig no bhith a' teagasg Gàidhlig mar chànan san t-seòmar-sgoile. Tha grunn luchd-teagaisg ag obair don ùghdarras a tha nan luchd-labhairt na Gàidhlig a dh'fhaodadh an cuid sgilean a leasachadh airson na cuspairean gnàthaichte aca a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig gus solar àrd-sgoile a leudachadh no a' Ghàidhlig a theagasg mar phàirt den iomairt cànanain 1+2.

Gàidhlig ann am Foghlaim

Amasan:

- Barrachd mothachaidh am measg phàrantan cloinne, 0-4 bliadhna, a thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- Barrachd aireamhan chloinne a tha a' faighinn a-steach do fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig, le àrdachadh de 15% a' frithealadh FTMG ro deireadh 2020
- Solar de sheiseanan blasad cànan air feadh sgoiltean Obar Dheathain
- Solar de phrògram chothroman do sgoilearan aig àrd-ìre àrd-sgoile gus sgrùdadh a dhèanamh airson duaisean Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig
- Taic ghnìomhach do sgoilearan a tha a' dol thairis bho foghlam Gàidhlig sa bhun-sgoil gu Àrd-sgoiltean, ag amas air àrdachadh fhaighinn ann an àireamh sgoilearan a tha a' rognachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ag ìre àrd-sgoile

Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Oifigear Leasachaidh Gàidhlig	Thòisich Oifigear Leasachaidh Gàidhlig san dreuchd san t-Sultain 2015 gus Plana Foghlaim na Gàidhlig a leasachadh agus a chuir an gnìomh. Bidh an Oifigear Leasachaidh Gàidhlig ag obair an cois sgoiltean agus com-pàirtichean gus solar foghlam Gàidhlig a bhrosnachadh agus gus leasachadh a thoirt air càileachd an fhoghlaim Ghàidhlig a thathas a' toirt seachad.	Anns a' bhad, le ceann-latha targaid den Mhàrt 2016 airson crìoch a chuir air a' phlana	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Ath-sgrùdadh air solar gnàthaichte	Dèan ath-sgrùdadh air an t-solar ghnàthaichte gus aithne fhaighinn air raointean làidir airson cleachdadh èifeachdach a roinneadh a bharrachd air prìomh raointean airson adhartais. Dèan ceangal ri	Dàmhair 2016	Ceannard Seirbheisean Foghlaim

	buidhnean nàiseanta leithid MRG gus taic fhaighinn airson adhartasan foghlaim.		
Sgrùdadh sgilean	Cuir crìoch air sgrùdadh sgilean airson luchd-teagaisg agus cho deiseil sa tha iad airson Gàidhlig a libhrigeadh	Ògmhios 2017	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Ro-innleachd Brosnachaidh	Leasaich ro-innleachd brosnachaidh airson FTMG agus foillsich roghnachadh de FTMG gnàthaichte tron làrach-lìn, na meadhanan, iomairtean postair baile agus brosnachadh ann an sgoiltean is onadan ro-sgoile.	Màrt 2016	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Ionnsachadh Proifeasanta Fad Cùrsa-beatha	Thoir seachad seiseanan CLPL gus taic a chumail ri cleachdaichean FTMG agus broснаich cothroman air CLPL do luchd-teagaisg gus a' Ghàidhlig ionnsachadh no na sgilean gnàthaichte aca adhartachadh	Màrt 2017	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Brosnachadh FTMG anns na Tràth Bhliadhnaichean	Leasaich ro-innleachd conaltraidh gus FTMH a bhrosnachadh thar Baile-mòr Obar Dheathain còmhla ris na sgiobaidhean Tràth Bhliadhnaichean, Coimhearsnachd, Taigheadas agus Fo-structar. Obraich le Cròileagan Obar Dheathain	Màrt 2016	Ceannard Seirbheisean Foghlaim

	agus Comhairlichean Phàrantan Gàidhlig aig Comann nam Pàrant airson FTMG a bhrosnachadh.		
Iomairt Canain 1+2	Mar phàirt den iomairt 1+2 chaidh dorsan fhosgladh ann an sgoiltean a thaobh comas air a' Ghàidhlig a thairgse mar an cànan a bharrachd airson Bun-sgoiltean. Bidh sinn a' tairgse seiseanan blasaid sa Ghàidhlig do sgoiltean agus bidh sinn gam brosnachadh a' Ghàidhlig a roghnachadh mar chànan a bharrachd mar phàirt den 1+2. Cleachdaidh sinn a' ghoireas trèanaidh Gàidhlig 'Go Gaelic' gus taic a chumail ri leasachadh cànan luchd-obrach agus nì sinn ceangal ri Comhairle Siorrachd Obar Dheathain gus goireasan, trèanadh cànan luchd-obrach agus CLPL a roinneadh.	Ògmhios 2017	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Clasaichean Ionnsachaidh Gàidhlig	Thoir seachad Clas Ionnsachaidh Gàidhlig aig ìre Nàiseanta 4/5 agus Àrd-ìre don h-uile sgoilear àrd-ìre thar Baile-mòr Obar Dheathain tro Champa a' Bhaile-mhòir	Anns a' bhad	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Cròileagan	Cùm taic ris a' Chròileagan (Buidheann Pàrant is Pàisde)	Anns a' bhad	Ceannard Seirbheisean Foghlaim

	<p>le duilgheadas àite cruinneachaidh sam bith san àm ri teachd agus thoir seachad stùireadh agus taic le tagraidhean maoinachaidh. Obraich leis a' Chròileagan agus le pàrantan gus dèanamh cinnteach gu bheil gluasadan làidir ann eadar Cròileagan is Sgoil-àraich aig Bun-sgoil Gilcomstoun.</p>		
Ionnsachadh Cruthachail	<p>Bidh Sgioba Ionnsachaidh Cruthachail na Comhairle ag obair le luchd-teagaisg, luchd-ealain agus com-pàirtichean gus bùthan-obrach cruthachail is deuchainneil tro mheadhan na Gàidhlig agus goireasan a bheir taic do fhoghlaim Gàidhlig a leasachadh agus a libhrigeadh.</p>	Gearran 2017	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Duais Iain Muir	<p>Tha goireasan Duais Iain Muir rim faighinn anns a' Ghàidhlig agus thèid iad sin a bhrosnachadh do dhaoine òga anns na h-àrd-sgoiltean a chaidh tro FTMG. Tha an cothrom seo a' faighinn taic tro Phàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus tro Chomann na Gàidhlig.</p>	Dùbhlachd 2016	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
IntoFilm agus FilmG	Bheirear taic do dhaoine òga	Anns a' bhad	Ceannard Seirbheisean

tro bhùthan-obrach agus goireasan Gàidhlig IntoFilm gus obair mheadhanan a chruthachadh airson tagradh gu farpais bliadhnail film Gàidhlig FilmG.	Foghlaim
A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2	

Gàidhlig ann an Ionnsachadh Inbheach

Tha clasaichean cànan is cùrsaichean latha, agus bùthan-obrach òrain Ghàidhlig air an toirt seachad anns a' bhaile-mhòir tro Chlub Gàidhlig Obar Dheathain. Cuideachd leis an raon aca de chùrsaichean fo-cheumnaiche agus thar-cheumnaiche bidh Oilthigh Obar Dheathain a' ruith thachartasan Gàidhlig.

Gàidhlig ann an Ionnsachadh Inbheach

Amasan:

- Barrachd luchd-ionnsachaidh inbheach Gàidhlig ann an Obar Dheathain, le àrdachadh de 15% anns an àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach ro dheireadh 2020.

Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Club Gàidhlig Obar Dheathain	Bidh a' Chomhairle a' cumail taic ri obair Chlub Gàidhlig Obar Dheathain agus bheir sinn seachad fiosrachadh don luchd-obrach agus don phoball a thaobh an raon de chlasaichean a th'aca.	Fad beatha a' phlana	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh
Oilthigh Obar Dheathain	Bidh a' Chomhairle ag obair le Oilthigh Obar Dheathain gus mothachadh a thogail mu na h-iomairtean Gàidhlig aca tro na meadhanan sòisealta agus	Fad beatha a' phlana	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh

	roinneadh fiosrachadh aig oifisean le luchd-obrach agus tro leabharlannan leis a' phoball.		
Dualchas Nàdair na h-Alba	Bidh a' Chomhairle ag obair le DNA a thaobh mothachadh na Gàidhlig agus dealbh-tìre na Gàidhlig	Fad beatha a' phlana	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2			

2. Cleachdadh Cànan

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain ag aithneachadh ma tha seasmhachd gu bhith an dàn don Ghàidhlig gun fheumar chan e a-mhàin cur ris an àireamh de dhaoine a bhruidhneas i, ach cur ris a chleachdadh fhèin cuideachd. Tha sinn mothachail air cho cudromach is a tha e a dhèanamh comasach do bharrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdadh mar am modh-conaltraidh as fheàrr is as àbhaistiche dhaibh ann an raon a tha a' fàs nas fharsainge nam beatha làitheil.

Gàidhlig anns na h-Ealain & Coimhearsnachdan

Tha Club Gàidhlig Obar Dheathain, Oilthigh Obar Dheathain agus Ealain Gniomhach Obar Dheathain air raon farsaing de thachartasan cruthachail, tarraingeach agus foghlaim a thoirt seachad anns a' bhaile-mhòir, aon chuid anns a' Ghàidhlig no a' toirt a-steach Gàidhlig. Nì sinn obair gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman air am brosnachadh agus rim faighinn le gach buidheann anns na coimhearsachdan againn gus a bhith a' leudachadh ar tairgse cultarail is foghlaim anns a' bhaile-mhòir.

Tha co-dhùnaidhean a' chunntas-sluaigh a' sealltainn ged is e 1636 neach-labhairt na Gàidhlig a tha sa bhaile-mhòir, is e 405 an àireamh a tha a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh. Dh'fhaodadh gu bheil seo ann am pàirt air sgàth dìth chothroman san dachaigh. Cha bhith an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an co-dhùnaidhean a' chunntais-sluaigh a' gabhail a-steach na h-àireimh mhòr de dh'oileanaich is luchd-obrach a th'anns a' bhaile-mhòir a bhruidhneas a' chànan agus a tha a' fuireach an seo airson ùine mhath ach aig a bheil dachaigh fad-ùine ann an àiteachan eile.

Tha co-dhùnaidhean a' chunntais-sluaigh cuideachd a' sealltainn a-mach às na 174 neach-labhairt na Gàidhlig a tha nas sine na 65 chan eil ach dìreach 24 dhiubh a tha a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh. Tha 'Bilingualism Matters', aig Oilthigh Dhùn Èideann air sgrùdadh a dhèanamh air buannachdan dà-chànanas ann a bhith a' cur dàil air seargadh inntinn aig ìre thràth, agus sheall an sgrùdadh seo, a chaidh fhoillseachadh aig ìre eadar-nàiseanta, gun chuir dà-chànanas dàil air seargadh inntinn gu ìre 4.5 bliadhna ge bith coileanadh foghlaim, gnè, proifeasan no dòigh beatha. Tha sgrùdaidhean eile air sealltainn gum bi ionnsachadh dàrna cànan a' toirt spionnadh do choileanadh eanchainn am measg luchd-ionnsachaidh nas sine cuideachd.

Gàidhlig anns na h-Ealain & Coimhearsnachdan

Amasan:

- Leudaich an tairgse cultarail do dhaoine òga a tha fileanta sa Ghàidhlig, ag ionnsachadh na Gàidhlig no le ùidh ann an cultar na Gàidhlig
- Àrdaich chothroman do dhaoine den h-uile comas eòlas fhaighinn air cultar na Gàidhlig agus ionnsachadh cànan
- Àrdaich chothroman do dhaoine de gach aois eòlas fhaighinn air ionnsachadh agus air tachartasan Gàidhlig
- Àrdaich chothroman airson buidhnean saor-thoileach anns a' choimhearsnachd

Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Fèis Obar Dheathain	Bidh riochdaire foghlaim aig a' Chomhairle air a' bhuidheann stiùiridh airson Fèis Obar Dheathain. Chaidh an fhèis teagaisg ealain Ghàidhlig stèidhichte sa choimhearsnachd air adhart anns a' bhaile-mhòir airson iomadach bliadhna agus bidh buidheann stiùiridh ag obair le taic bho Fèisean nan Gàidheal gus tachartas airson daoine òga sa bhaile-mhòir ùr-thòiseachadh a-rithist.	Ron Ghearran 2016	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
Pròiseactan eadar-ghinealaichean	Bidh sinn ag obair le Club Gàidhlig Obar Dheathain gus cothroman a bhrosnachadh do	Taobh a-staigh 6 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana	Manaidsear Stiùiridh Seirbheis Inbhich nas Sine (Eadar-amail)

	<p>luchd-còmhnaidh a tha aois 65+ gus na sgilean cànan aca a roinneadh le luchd-còmhnaidh nas òige agus gus faighinn cothrom air prògraman cultarail anns a' Ghàidhlig. Thathas a' beachdachadh air clasaichean ealain, bùthan-obrach òrain agus teagasg ciùil anns a' Ghàidhlig.</p>		
Sgeama Charaidean	<p>Bidh sinn ag obair le Club Gàidhlig Obar Dheathain gus àrdachadh fhaighinn ar cothroman do sheann luchd-còmhnaidh feasgairean cofaidh/clasaichean is tachartasan Gàidhlig a fhrithealadh no coinneachadh ri luchd-labhairt na Gàidhlig ma tha iad ann an ionadan cùraim.</p>	<p>Taobh a-staigh 6 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana</p>	<p>Manaidsear Stiùiridh Seirbheis Inbhich nas Sine (Eadar-amail)</p>
Ionnsachadh Cànan is Teagasg Ciùil	<p>Ag obair le Buidheann Comhairleachadh Ciorramachd agus Club Gàidhlig Obar Dheathain bidh sinn ag àrdachadh agus a' brosnachadh ionnsachadh na Gàidhlig, cothroman ciùil is òrain don h-uile. Dèan sgrùdadh air comasan obrach le Còisir Ghàidhlig Obar Dheathain.</p>	<p>Taobh a-staigh 6 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana</p>	<p>Ceannard Coimhearsnachdan is Taigheadas</p>

Brosnachadh chothroman Gàidhlig is Maoineachadh	Nì sinn cinnteach gum bi fiosrachadh mu thaic Ghàidhlig is chothroman maoineachaidh air a roinneadh le buidhnean treas roinne tro Bhuidhnean Saor-thoileach Chomhairle Obar Dheathan (ACVO).	Taobh a-staigh 6 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus fad ùine a' phlana seo	Ceannard Coimhearsnachdan is Taigheadas
Ealain Ghnìomhach Obar Dheathain	Bheir sinn taic do na h-ealain gnìomhach Ghàidhlig air an ruith le Ealain Ghnìomhach Obar Dheathain.	Anns a' bhad agus fad beatha a' phlana	Ceannard Seirbheisean Foghlaim
A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2			

Gàidhlig san àite-obrach

Tha an raon obrach seo air a thoirt a-steach do Chaibideil 2 den phlana seo (Rùintean Bunaiteach).

Gàidhlig anns na Meadhanan

Tha a' chomhairle a' toirt seachad seirbheisean eadar-theangachaidh ann an ioma cànan tro InterTrans ar Seirbheis Eadar-mhìneachaidh agus Eadar-theangachaidh agus bidh sinn a' toirt seachad eadar-theangairean don chomhairle agus do bhuidhnean air an taobh a-muigh.

Gàidhlig anns na Meadhanan

Amasan:

- Thoir seachad seirbheis eadar-theangachaidh Ghàidhlig a tha èifeachdach a thaobh cosgais, amail agus earbsach
- Brosnaich ar seirbheis eadar-theangachaidh air feadh an Ear Thuath
- Brosnaich ar solaraidhean com-pàirt gu bhith a' cleachdadh na seirbheis

Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Seirbheis Eadar-theangachaidh	Bidh sinn ag àrdachadh na h-àireimh de dh'eadar-theangairean Gàidhlig air an stòr-dàta againn gus dèanamh cinnteach gum bi seirbheis sgiobalta agus earbsach againn. Cleachdaidh sinn TòMaS*, an t-seirbheis cuimhne eadar-theangachaidh Ghàidhlig nuair a bhios sin comasach gus cosgaisean ìsleachadh. Cuiridh sinn a-steach stuthan a bhios sinn ag eadar-theangachadh gu tric do sheirbhes TòMaS airson gun cleachd buidhnean poblach	Taobh a-staigh 6 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus fad ùine a' phlana seo	Ceannard Coimhearsnachdan is Taigheadas

	eile e.		
Brosnaich sanasachd dà-chànanach de Thachartasan Gàidhlig anns a' bhaile-mhòir	Bidh sinn ag àrdachadh mothachaidh, agus a' brosnachadh ar seirbheis eadar-theangachaidh Ghàidhlig do bhuidhnean poblach agus bhuidhnean treas roinne a tha ag obair anns a' bhaile-mhòir agus air feadh an Ear Thuath a' cur air adhart brosnachadh dà-chànanach Gàidhlig agus thachartasan cultarail far am b' urrainn a' Ghàidhlig luach a bharrachd a chuir riutha.	Taobh a-staigh 12 mìos bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus fad ùine a' phlana seo. Ron Ògmhios 2016 agus fad beatha a' phlana seo	Ceannard Coimhearsnachdan is Taigheadas
A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2			

* TòMaS - <http://www.uhi.ac.uk/en/lis/tomas/what-is-tms>

Gàidhlig ann an Turasachd, Dualchas agus Cur-seachadan

Tha àite sònraichte aig a' Ghàidhlig ann an cultar na h-Alba agus dhearbh sgrùdadh ann an 2014 le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean gun robh gnìomhachasan agus buidhnean air feadh na h-Alba a' co-dhùnadh gu robh a' Ghàidhlig na buannachd dhaibh ann an raon de shuidheachaidhean, gu sònraichte roinnean nan gnìomhachasan cruthachail; biadh is deoch; foghlam is ionnsachadh; dualchas le bunait nàdair agus turasachd. Nì sinn measadh air mar as urrainn a' Ghàidhlig cuir ris na tha am baile-mòr a' tairgse gu cultarail do luchd-còmhnaidh agus luchd-turais, a' toirt aire do sgrùdadh VisitScotland 'Consumer Interest in Gaelic Language and Culture'

[HTTP://WWW.VISITSCOTLAND.ORG/PDF/INTEREST%20IN%20GAELIC%20-%20SCOTLAND%20VISITOR%20SURVEY%2011-12_PPTX.PDF](http://www.visitScotland.org/pdf/interest%20in%20Gaelic%20-%20Scotland%20Visitor%20Survey%2011-12_PPTX.pdf) .

Gàidhlig ann an Turasachd, Dualchas agus Cur-seachadan

Amasan:

- Brosnaich in-ghabhail na Gàidhlig

Raon leasachaidh	Gnìomhachd	Clàr-ama	Oifigear Stiùiridh
Fèisean a' Bhaile-mhòir	Bidh sinn a' brosnachadh na Gàidhlig tro fèisean a' bhaile-mhòir.	Taobh a-staigh 6 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus fad ùine a' phlana seo	Ceannard Conaltraidh is Brosnachaidh
Solaraichean Turasachd	Bheir sinn mion-fhiosrachadh do na com-pàirtichean turasachd againn a thaobh ar seirbheisean eadar-theangachaidh Ghàidhlig agus broснаichidh sinn mothachadh air seirbheis Intertrans na comhairle gus solar Gàidhlig a bhrosnachadh	Taobh a-staigh 3 mìosan bho bheir Bòrd na Gàidhlig aonta don phlana agus fad ùine a' phlana seo	Ceannard Coimhearsnachdan is Taigheadas

A' cur taic ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1, 2

3. Inbhe Cànain

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain ag aithneachadh gu bheil inbhe a' chànain fo bhuaidh aig an ìre a tha aice anns an àrainneachd làitheil agus an ìre dham bheil ga cleachdadh, ga luachadh agus ga meas leis na buidhnean sin aig a bheil buaidh chudromach air ar beatha làitheil.

Ullachadh Plana Gaidhlig

Tha sinn air a' Phlana Gàidhlig seo ullachadh às deidh co-chomhairle agus co-obrachadh le seirbheisean, buidhnean a' toirt seachad sheirbheisean cànan is thachartasan Gàidhlig, pàrantan chloinne na Gàidhlig agus measgachadh de bhuidhnean treas roinne. Rinn sinn ath-sgrùdadh air solar gnàthaichte, measadh air sgrùdadh an luchd-obrach againn agus nì sinn conaltradh leis a' phoball mun chiad dreachd den phlana seo. Thèid ar plana a chuir an gnòmh tro sheirbheisean na comhairle. Bidh sinn cuideachd ag obair ann an com-pàirt le buidhnean anns na coimhearsnachdan againn agus le buidhnean Gàidhlig bhon taobh a-muigh.

A' cruthachadh Ìomhaigh Adhartach don Ghàidhlig

Is e ìomhaigh ìosal a tha aig a' Ghàidhlig an-dràsta ann am baile-mòr Obar Dheathain agus bidh sinn ag àrdachadh mothachaidh den choimhearsnachd Ghàidhlig gnàthaiche againn agus a cuid eachdraidh san Ear Thuath, na buannachdan a thig bho bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus na cothroman a tha ann pàirt a ghabhail ann an tachartasan agus cultar na Gàidhlig aig ìre ionadail. Tha sinn a' cur fàilte agus a' brosnachadh chothroman airson co-obrachadh le pròiseactan Gàidhlig is Doric a bhios a' brosnachadh an dualchas cànan gun samhail a tha sa bhaile-mhòir agus a' brosnachadh luach cultarail a' bhaile-mhòir aig ìrean ionadail is nàiseanta.

4. Corpas Cànan

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear mothachail air an fheum a tha ann buntainneachd is seasmhachd na Gàidhlig a neartachadh, cho math ris a' chuideam air leigeil le seirbheisean eadar-theangachaidh agus rannsachadh mun chànan a chur air adhart. Bidh a' chomhairle a' cumail ris an stiùireadh a tha ann an Gnathachas Litreachaidh na Gàidhlig, http://www.sga.org.uk/sga/files_ccc/SQA-Gaelic_Orthographic_Conventions-En-e.pdf

Leasachadh Litreachaidh, Briathrachais agus Ainmean Àite na Gàidhlig

Bidh Comhairle Baile Obar Dheathain a' cleachdadh Ainmean Àite na h-Alba gus dèanamh cinnteach gu bheileas ceart is seasmhach ann a bhith a' dèiligeadh ri ainmean àite.

Tha seirbheis eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh Gàidhlig, InterTrans, againn a tha ar seirbheisean, ar buidhnean com-pàirt agus buidhnean prìobhaideach a' cleachdadh. Cleachdaidh sinn TòMaS*, an t-seirbheis cuimhne eadar-theangachaidh Ghàidhlig nuair a bhios sin comasach gus cosgaisean ìsleachadh. Cuiridh sinn a-steach stuthan a bhios sinn ag eadar-theangachadh gu tric do sheirbhes TòMaS airson gun cleachd buidhnean poblach eile e.

CAIBIDEIL 4 – CUR AN GNÌOMH IS DEARCNACHADH

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil fad 5 bliadhna bhon cheann-latha a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd no gus a bheilear air plana ùr a chuir na àite. Ann an Caibideil 2 – *Rùintean Bunaiteach agus Caibideil 3 – Buidh aig Poileasaidh air a' Ghàidhlig*, tha sinn air cinn-latha sònraichte a chomharrachadh airson amasan fa-leth nuair a tha sinn an dùil rùintean sònraichte a chur an gnìomh.

A' sgaoileadh fiosrachaidh mun Phlana

Thèid Plana Gàidhlig Chomhairle Obar Dheathain fhoillseachadh anns an dà chànan air www.aberdeencity.gov.uk.agus thèid fiosrachadh a sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta. A bharrachd air an sin, nì sinn na leanas:

- cuiridh sinn brath-naidheachd dà-chànanach a-mach mun Phlana;
- cuiridh sinn leth-bhreacan den Phlana sna h-oifisean poblach is sna h-ionadan-fàilteachaidh againn,
- bheir sinn fios mun Phlana don luchd-obrach tro eadra-lìn Comhairle Baile Obar Dheathain gu cunbhalach
- leth-bhreacan den phlana a thoirt do Bhuidhnean Poblach Neo-roinneil agus do bhuidhnean, riochdairean agus do chùmhantaichean
- bheir sinn leth-bhreacan den Phlana do bhuidhnean Gàidhlig;
- bheir sinn leth-bhreacan den Phlana do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh sa chùis; agus
- bheir sinn leth-bhreacan seachad nuair a thathar gan iarraidh.

A' maoinachadh a' phlana

Faodar mòran de dh'atharrachaidhean taobh a-staigh na comhairle a dhèanamh le glè bheag de chosgais a bharrachd leis gu bheil mòran atharrachaidhean gan dèanamh aig àm ùrachaidh seann shoidhnichean no dìreach a' tarraing aire gu solar gnàthaichte nach eileas a' brosnachadh an-dràsta. Thèid clasaichean air adhart tro Chlub Gàidhlig Obar Dheathain agus Oilthigh Obar Dheathain agus tha e coltach gum bi e comasach dhaibh taic a thoirt don Chomhairle le cuid de na planaichean aca. Tha an Club Gàidhlig mu-thrath a' beachdachadh air cuid de dh'iomairtean a ruith ris am faodadh a' Chomhairle taic a thoirt aon chuid tro mhaoineachadh no bhith a' brosnachadh thachartasan a dh'fhaodadh cur ri cuid de na h-amasan a tha sa phlana.

Tha sruthan maoinachaidh sònraichte aig pròiseactan foghlaim airson Foghlam Gàidhlig no tha iad air an toirt a-steach mar phàirt de dh'iomairt 1+2 a tha cuideachd maoinichte mar phàirt den h-uile cànan. Faodaidh pròiseactan Ealain is Coimhearsnachd taic fhaighinn bho ghrunn bhuidhnean a tha ag obair ann an Obar Dheathain aig a bheil planaichean Gàidhlig leithid Alba Chruthachail, Oilthigh Obar Dheathain, Dualchas Nàdair na h-Alba, Coimisean na Coilltearachd agus Taighean-cluiche Nàiseanta na h-Alba. Bidh Club Gàidhlig Obar Dheathain cuideachd mothachail air cothroman maoinachaidh.

Tha grunn chothroman ann cuideachd air a bhith a' maoinachadh phròiseactan coimhearsnachd tro ghrunn ionmhasan (Coimhearsnachd, dràma msaa.)

Bheir sinn fiosrachadh do bhuidhnean com-pàirt a thaobh chothroman maoinachaidh a tha fosgailte dhaibh, agus bidh sinn a' brosnachadh nan cothroman maoinachaidh sin, mar a thig iad gu follais, tro Chomhairle Bhuidhnean Saor-thoileach Obar Dheathain (ACVO) airson buidhnean coimhearsnachd agus cuiridh sinn fios chun liosta sgaoilidh againn fhìn airson buidhnean agus fòraman coimhearsnachd.

Tha grunn bhuidhnean ionadail ann an Obar Dheathain a tha a' libhrigeadh chothroman Gàidhlig agus tha buidhnean Nàiseanta ag obair sa bhaile-mhòir aig a bheil Planaichean Gàidhlig a tha a' fosgladh suas chothroman airson co-obrachaidh.

A' dearcnachadh agus a' cur an Gnìomh a' Phlana

Thèid coinneamh bhliadhnail a chuir air chois fo aoigheachd na comhairle le buidhnean bhon taobh a-muigh agus iadsan aig a bheil ùidh sa chuspair gus dèanamh cinnteach gum bi na pròiseactan uile a' faighinn taic agus aithris ga dhèanamh orra mar a tha clàraichte sa phlana seo.

- Bithear a' cumail sùil air a' Ghàidhlig taobh a-staigh Sanasachd Corporra agus soidhnichean na Comhairle agus gheibhear aithris orra bhon Sgioba Conaltraidh is Brosnachaidh
- Thèid sùil a chumail air cùisean àite-obrach den phlana agus gheibhear aithris orra bho Ghoireasan Daonna
- Cumaidh an t-Oifigear Leasachaidh Gàidhlig agus Oifigear Chànanan 1+2 sùil air cùisean foghlaim, nam measg Gàidhlig san dachaigh agus foghlam inbheach.
- Cumaidh an Sgioba Co-ionannachd sùil air pròiseactan cùram sòisealta ann an co-bhonn ri Obair Shòisealta, Buidheann Comhairleachaidh Ciorramachd agus Buidheann Comhairleachaidh Dhaoine nas Sine

Thèid aithisgean dearcnachaidh a thional agus a chuir gu Bòrd na Gàidhlig gach bliadhna air ceann-latha aontaichte a' Bhùird leis an Sgioba Co-ionannachd.

CAIBIDEIL 5 – CO-CHOMHAIRLE POBLACH

Chaidh co-chomhairle poblach a bha làn ruigsinneach air-loidhne a chumail mun phlana eadar 30 Màrt agus 11 Cèitean 2015. Chaidh conaltradh air adhart leis na leanas:

- Bun-sgoil Gilcomstoun
- Acadamaidh Hazlehead
- Club Gàidhlig Obar Dheathain
- Oilthigh Obar Dheathain
- Comhairle Siorrachd Obar Dheathain
- Buidheann GMòr
- Blog Guth a' Bhaile-mhòir
- Am Fòram Balteil
- Fèisean nan Gàidheal
- Comann nam Pàrant
- Pàircean Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh
- Coimisean na Coilltearachd
- Dualchas Nàdair na h-Alba
- Ealain Ghnìomhach Obar Dheathain
- Colaisde an Ear Thuath
- Oilthigh Raibeairt Ghòrdain
- Clì Gàidhlig
- Buidheann Comhairleachaidh Ciorramachd Obar Dheathain
- Buidheann Comhairleachaidh Dhaoine nas Sine Obar Dheathain

- Comhairle Buidhnean Saor-thoileach Obar Dheathain (ACVO)
- Sabhal Mòr Ostaig

Thàinig gu h-iomlan 5 freagairtean a-steach mu choinneimh a’ cho-chomhairle phoblach; bha 4 dhiubh adhartach agus 1 àicheil, le beachdan nas fharsaingeach bho Dhualchas Nàdair na h-Alba agus Oilthigh Obar Dheathain agus thèid cuid de chuspairean taobh a-staigh a’ phlana ùrachadh agus a leudachadh mar thoradh air a’ cho-chomhairle. Bha am freagairt àicheil a’ miannachadh gur ann air leasachadh cànan cumanta leithid Esperanto a bhiodh am fòcas.

Beachdan eile.

“Tha e na thoileachas a bhith a’ faicinn gu bheil Roinn Foghlaim Baile-mòr Obar Dheathain mu dheireadh thall a’ gabhail ris gu bheil an àireamh a tha a’ togail Gàidhlig mar chuspair anns na sgoiltean fada ro ìosal. Tha e math cuideachd a bhith a’ leughadh ro-innleachd a tha gu bhith a’ dèiligeadh ris a’ chuspair! Tha foghlam deatamach airson soirbheachas na Gàidhlig san àm ri teachd (chan ann dìreach an Obar Dheathain)”

“Chuir e iongnadh orm cho beag de dhaoine a tha ag obair don Chomhairle a bha mothachail gu robh goireas Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Sgoil Gilcomstoun agus Acadamaidh Hazlehead. Tha e soilleir gu bheil cothrom ann seo a bhrosnachadh agus tha an ro-innleachd a’ dèiligeadh ris an seo.

Gus am bi coileanadh a’ Phlana soirbheachail dh’fheumadh bun-àirean de luchd-labhairt na Gàidhlig a bhith ann a bhiodh deònach is comasach an cuid ùine a chaitheamh airson a’ Ghàidhlig a "theagasg" ann an diofar sgìrean sa bhaile-mhòir. Dh’fheumadh seo tòrr obair agus cuideigin ga stiùireadh le comasan a bhith a’ brosnachadh dhaoine gus pàirt a ghabhail ann. Mar as trice is e a chanas luchd-labhairt na Gàidhlig rium “nach eil a’ Ghàidhlig aca math gu leòr”. Mar thoradh air linn de dhearmad ann am Foghlam, chan eil mòran misneachd aig luchd-labhairt na Gàidhlig anns na sgìlean sgrìobhaidh Gàidhlig aca, agus tha sin air a dhaingeachadh san ro-innleachd.

Tha an Ro-innleachd a’ coimhead glè mhath air pàipear ach mholainn dhuibh gabhail air ur socair gus nach bi daoine a’ faireachdainn gu bheileas gan "èigreachadh" gu bhith ag ionnsachadh Gàidhlig no bhith nam pàirt de bhith a’ brosnachadh na Gàidhlig mar phròiseact air feadh a’ bhaile-mhòir. Dh’fhaodar seo a thoirt gu buil le bhith cur cuideam air na rudan adhartach – tha a’ Ghàidhlig buntainneach do dh’Obar Dheathain, tha e spòrsail a bhith ag ionnsachadh cànan eile, tha e a’ toirt daoine gu pàirt de chultar Albannach air nach d’fhuair uimhir de dhaoine cothrom, agus nam measg luchd-labhairt na Gàidhlig fhèin. Tha sgìlean

cànain na h-Alba gu h-iomlan bochd. Bidh na h-oileanaich Eòrpach agamsa a' bruidhinn co-dhiù còig cànanan gu fileanta, agus bidh iad a' tòiseachadh ag ionnsachadh chànanan eile aig ìre bun-sgoile.

Tha sgrùdaidhean a' dearbhadh mus ruig iad aois seachd bliadhna, gum bi fèithean teanga chloinne a' gabhail ris a' chànan as trice a chleachdas iad. Tha sgrùdaidhean cuideachd a' dearbhadh gu bheil mòran bhuannachdan aig clann a tha dà-chànanach thairis air clann aon-chànanach nuair a thig e gu coileanadh acadaimigeach."

"Chuireadh Oilthigh Obar Dheathain fàilte air cothroman gus a bhith ag obair ann an com-pàirt agus còmhla gus gnìomhachd na Gàidhlig a bhrosnachadh taobh a-staigh na coimhearsnachd agus tha sinn an dòchas gum bi tuilleadh chothroman ann gus beachdachadh air rùintean far am bi an Oilthigh air ainmeachadh ann an ceann ùine."

"Tapadh leibh airson cothrom a thoirt do DNA beachdan a chuir a-steach mun dreachd Phlana Gàidhlig agaibh. Tha sinn toilichte gu bheil DNA air ainmeachadh anns a' PhG agaibh airson cothroman co-obrachaidh agus tha sinn air sùil a thoirt anns na beachdan againn gu h-ìosal, air an seòrsa cothroman a dh'fhaodadh a bhith comasach airson an leithid sin de cho-iomairtean.

Bidh DNA a' ruith grunn chùrsaichean mu *Mothachadh Gàidhlig agus Gàidhlig san Dealbh-tìre* gach bliadhna, agus dh'fhaodadh sinn àiteachan a thairgse don luchd-obrach agaibh ma tha aiteachan rim faighinn. Mar as trice thèid iad sin a chumail san oifis againn ann am Peairt. Cuideachd, dh'fhaodadh sinn beachdachadh air solar chlasaichean cànain còmhla san àm ri teachd, ach aig an àm seo chan eil sinn a' tairgse chlasaichean Gàidhlig aig an oifis againn ann an Obar Dheathain (Taigh Inverdee, Sraid Baxter).

Tha sinn ag amas air farsaingeachd de chothroman a thoirt do luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig airson a dhol an sàs anns an obair againn le dualchas nàdair, agus gus mothachadh na Gàidhlig a thogail am measg luchd-èisteachd aig nach eil Gàidhlig. Is e prìomh eisimpleirean den sin an t-sreath de leabhraichean ainmean-àite *Gàidhlig san Dealbh-tìre* agus ar *Faclair Gàidhlig Nàdair* (goireas air-loidhne). Dh'fhaodadh gum bi cothroman ann airson mothachadh a thogail mu na goireasan sin am measg luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann am Baile-mòr Obar Dheathain.

Mu dheireadh, dh'fhaodadh gum biodh sibh airson susbainnt nàdair a thoirt a-steach don obair air a bheil sibh ag amas *Gàidhlig ann an Dualchas* (d.50), agus bhiodh sinn toilichte comhairle a thoirt seachad mun seo.

Bidh cothroman eile ann airson co-obrachadh, is dòcha gu sònraichte taobh a-staigh Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh."

FIOSAN CONALTRAIDH

Is e an t-oifigeir as àirde dreuchd le uallach-obrach airson a bhith ag ullachadh, libhrigeadh is dearcnachadh Plana Gàidhlig Comhairle Baile Obar Dheathain:

Ciaran Monaghan
Ceannard Seirbheis
Oifis an Àrd-oifigeir
Colaisde Marischal
Sràid Leathann
Obar Dheathain

01224 522293
07834 134621
cmonaghan@aberdeencity.gov.uk

Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Sandra Howard
Manaidsear Co-ionannachdan
Coimhearsnachd, Taigheadas & Bun-structar
Colaisde Marischal
Sràid Leathann
Obar Dheathain

Fòn 01224 523039
showard@aberdeencity.gov.uk